



Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd **2024–29**

Chaidh am plana seo ullachadh fo Earrainn 3 de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus chaidh aontachadh le Bòrd na Gàidhlig air 7 Cèitean 2024.



Facal-tòiseachaidh

Mar Cheannard agus Àrd-Oifigear Chomhairle na Gàidhealtachd, tha sinn le chèile fìor thoilichte Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd 2024–29 fhoillseachadh. Tha am Plana a’ cur an cèill amasan is miannan na Comhairle airson cànan is cultar na Gàidhlig thairis air na còig bliadhna a leanas, agus mar a thèid an coileanadh.

Tha am Plana a’ mìneachadh taic Chomhairle na Gàidhealtachd do chànan is chultar na Gàidhlig, ag adhartachadh obair a rinneadh roimhe fhad ’s a thathar a’ stèidheachadh iomairtean ùra agus targaidean soilleir.

Tha an ceathramh deasachadh dhen Phlana Ghàidhlig a’ togail air agus a’ cur ri àrd-amas nan gealltanasan, soirbheachasan is coileanaidhean leantainneach aig Comhairle na Gàidhealtachd ann a bhith a’ cur air adhart is a’ cumail suas leasachadh cànan is cultar na Gàidhlig sna Planaichean Gàidhlig a bh’ againn roimhe.

Tha am Plana a’ faighinn taic tro Phrògram Chomhairle na Gàidhealtachd (2022–27), ‘Ar Gàidhealtachd ri Teachd’, a tha a’ cur an cèill na lèirsinn againn agus a’ mìneachadh nam prìomhachasan ro-innleachdail againn airson nan còig bliadhna a tha romhainn.

Fhad ’s a thathar a’ leasachadh a’ Phrògram ri linn staing ionmhasail cho mòr ’s a tha air a bhith againn ann an iomadh bliadhna, feumaidh am Plana ùraichte a bhith an dà chuid aig prìs a tha a rèir ar comais, agus a bhith àrd-amasach ann a bhith a’ suidheachadh bhun-stèidhean airson àm ri teachd nas soilleire is nas seasmhaiche dha na coimhearsnachdan againn, gu h-àraid dhan ghinealach as òige. Tha builean is ceumannan sa Phlana gus na prìomhachasan ro-innleachdail airson na Gàidhlig a libhrigeadh anns a’ Ghàidhealtachd, agus thèid seo a sgrùdadh mar phàirt dhen Phlana Chorporra.

Tha fòcas soilleir aig Comhairle na Gàidhealtachd air a bhith a’ cur ri cleachdadh na Gàidhlig agus àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig. Tha a’ Chomhairle a’ leantainn air adhart le gealltanasan a bhith a’ solarachadh is a’ neartachadh Foghlam tron Ghàidhlig – ag aithneachadh seo mar aon de na prìomh rudan a chumas suas is a leasaicheas a’ Ghàidhlig. Tha a’ Chomhairle a’ leantainn air adhart a’ toirt taic dhan chànan thar a seirbheisean agus le prìomh chom-pàirtichean, gus cur ri luach is soirbheas foghlaim, agus ri cùisean sòisealta, cultarach is eaconamach na Gàidhealtachd san fharsaingeachd.

An Comhairliche Raymond Bremner
Ceannard Chomhairle na Gàidhealtachd



Derek MacIlleDhuinn
Àrd-Oifigear Chomhairle na Gàidhealtachd



Clàr-innse

Facal-tòiseachaidh	2
Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd – foir-shealladh	5
Geàrr-chunntas – prìomhachasan ro-innleachdail Chomhairle na Gàidhealtachd	6
1. Ro-ràdh	7
Plana Corporra Chomhairle na Gàidhealtachd 2022–27	10
Plana na Gàidhlig anns an structar corporra	10
A’ Ghàidhlig taobh a-staigh raon-obrach Chomhairle na Gàidhealtachd	11
A’ Ghàidhlig ann an Alba	18
Achd na Gàidhlig (Alba) 2005	18
Plana Nàiseanta na Gàidhlig	19
Buaidhean planaigidh is poileasaidh airson na Gàidhlig agus ceanglaichean ri prìomhachasan nàiseanta.....	19
Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd 2024–29	20
In-sgrùdadh air comas Gàidhlig	21
Co-chomhairleachadh mun Phlana Ghàidhlig	21
2. Prìomh phrionnsapalan	22
Spèis cho-ionann	22
Tairgse ghnìomhach	22
Àbhaisteachadh.....	22
3. Gealltanasan a’ Phlana	23
Àrd-amasan	23
Prìomhachasan ro-innleachdail.....	23
Amasan na Seirbheise Corporra.....	62
4. Ceanglaichean chun an Fhrèim-obrach Coileanaidh Nàiseanta	79
5. Ceanglaichean gu frèaman-obrach ionadail agus sgìreil	83
6. Foillseachadh	84
A’ foillseachadh a’ Phlana agus a’ cur a’ Phlana am follais	84
7. A’ goireasachadh a’ Phlana	85
8. A’ sgrùdadh a’ Phlana	85
9. Plana na Gàidhlig anns an ùghdarras phoblach	85
Dleastanas iomlan airson a’ Phlana	85
Dleastanas làitheil airson a’ Phlana	86
Comataidh na Gàidhlig – a’ sgrùdadh a’ Phlana	86
A’ conaltradh le luchd-obrach.....	87

Buidhnean air astar agus treas-phàrtaidhean	87
Aontaidhean treas-phàrtaidh	88
Eàrr-ràdh 1 – co-chomhairleachadh	89
Clàr-mìneachaidh	94

Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd – foir-shealladh

'S e seo an ceathramh deasachadh de Phlana Gàidhlig (PG) Chomhairle na Gàidhealtachd, air ullachadh taobh a-staigh frèam Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha am PG a' còmhdach còig bliadhna bho 2024 gu 2029 agus a' togail air an adhartas a rinneadh leis na trì deasachaidhean roimhe.

Tha PG ùraichte na Comhairle a' leantainn air adhart le mòran dhen obair a chaidh a mhìneachadh san treas deasachadh. Bidh a' Chomhairle a' cleachdadh Siostam Coileanaidh is Rianachd Cunnairt (SCRC) airson sùil a chumail air adhartas agus buileachadh PG. Thathar ag aithris air SCRC gach ràith agus a' toirt cunntas do Chomataidh Gàidhlig na Comhairle. Bidh a' Chomhairle cuideachd a' toirt cunntas bliadhnail do Bhòrd na Gàidhlig a thaobh adhartas làithreach. Gheibhear na cunntasan bliadhnail air làrach-lìn na Comhairle.

Tha am PG a' leantainn nan ceithir cuspairean a leanas:


1. Coimhearsnachdan agus Dachaigh
2. Meadhanan, Ealainean, Cultar agus Dualchas
3. Gnìomhachas agus an Eaconamaidh
4. Foghlam

Tha Bòrd na Gàidhlig agus Comhairle na Gàidhealtachd air obrachadh còmhla gus seata de prìomhachasan ro-innleachdail a chur air dòigh airson a' cheathramh deasachadh de Phlana Gàidhlig na Comhairle. Tha iad seo a' cumail fòcas air a bhith a' cur air adhart nam prìomhachasan de bhith: 'a' toirt fàs air cleachdadh na Gàidhlig'; 'a' toirt fàs air ionnsachadh na Gàidhlig' agus 'a' cur deagh ìomhaigh air adhart airson na Gàidhlig.' Tha na prìomhachasan ro-innleachdail san sgrìobhainn seo stèidhichte air an fheadhainn a chaidh aontachadh leis a' Bhòrd. Thathar cuideachd a' gabhail a-steach nan gnìomhan a tha a dhìth gus na prìomhachasan ro-innleachdail a libhrigeadh.

Tha an ceathramh deasachadh seo dhen PG a' toirt cunntas air mar a thèid gach prìomhachas ro-innleachdail a libhrigeadh, agus a' comharrachadh nan gnìomhan a tha a dhìth gus an toirt gu buil.

Tha earrann mu Amasan na Seirbheise Corporra cuideachd sa PG. Thèid na h-amasan seo a chleachdadh gus prìomh sheirbheisean Gàidhlig a dhèanamh cunbhalach is àbhaisteach thar seirbheisean na Comhairle air fad tro bheatha a' Phlana.

Geàrr-chunntas – prìomhachasan ro-innleachdail Chomhairle na Gàidhealtachd



1. Ro-ràdh

'S e Comhairle na Gàidhealtachd an t-ùghdarras ionadail as motha san Rìoghachd Aonaichte, le meall-fearainn a tha cha mhòr uimhir ris a' Bheilg. Tha an sgìre a' gabhail a-steach sia eileanan air a bheil daoine a' fuireach, faisg air 7,000km de rathaidean, 90 caladh is goireas mara, 198 sgoil agus 14,500 taigh comhairle.


Dh'aithris Cunntas-sluaigh na h-Alba 2011 gun robh àireamh-sluaigh na Gàidhealtachd aig 224,606.

Tha ainmean-àite Gàidhlig bitheanta thar na Gàidhealtachd agus nam fianais air an dualchas bheairteach againn a thaobh cànan is cultar na Gàidhlig.

Ann an Ràith 3 dhen bhliadhna 2023–24, tha a' Chomhairle a' toirt cosnadh do 10,746 neach.

Tha Prògram Calpa £900M, 15-bliadhna aig a' Chomhairle, agus buidseat teachd-a-steach lom de £703M gach bliadhna gus seirbheisean a lìbhrigeadh do 238,060 neach-còmhnaidh agus na mìltean de luchd-tadhail gach bliadhna.

Tha a' Chomhairle a' frithealadh sgìre chruinn-eòlasach de 26,484 cilemeatair ceàrnagach, mar a tha air a shealltainn sa mhapa gu h-ìosal:



Comataidhean

Bidh buill comataidh a’ frithealadh air grunn chomataidhean ro-innleachdail agus sgèireil. Bidh na comataidhean ro-innleachdail a’ coinneachadh aig Prìomh Oifis Chomhairle na Gàidhealtachd, Rathad Ghlinn Urchadain, Inbhir Nis. Tha comataidhean fosgailte dhan phoball. Gheibhear cinn-latha choinneamhan agus clàran-gnothaich air an làraich-lìn againn aig: www.bit.ly/HC-CommitteeStructure

Co-bhùird

Tha buill a’ frithealadh air Co-bhòrd Luachaidh na Gàidhealtachd agus nan Eilean Siar, còmhla ri buill bho Chomhairle nan Eileanan Siar.

Com-pàirteachasan coimhearsnachd ionadail

Fo chumhaichean Achd Cumhachdachadh nan Coimhearsnachd, tha dleastanas aig còig com-pàirtichean ainmichte airson planadh coimhearsnachd – Poileas Alba, Seirbheis

Smàlaidh is Teasairginn na h-Alba, Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean, NHS na Gàidhealtachd, agus Comhairle na Gàidhealtachd.

Tha naoi com-pàirteachasan ionadail thar sgìre na Gàidhealtachd airson taic a chur ri rèiteachaidhean planaidh ionadail, le riochdachadh bhon treas roinn agus le riochdachadh eile mar a tha iomchaidh.

Is iad na com-pàirteachasan:

- Gallaibh
- Loch Abar
- Cataibh
- Sgìre Cathair-bhaile Inbhir Nis
- Ros an Ear
- Inbhir Narann
- Meadhan Rois
- Bàideanach agus Srath Spè
- An t-Eilean Sgitheanach, Loch Aillse agus Ros an Iar.

Structar na Comhairle

Tha an t-Àrd-Oifigear a' faighinn taic bho na seirbheisean a leanas:

- Iar-Àrd-Oifigear
- Coimhearsnachdan agus Àite
- Foghlam agus Ionnsachadh
- Slàinte agus Cùram Sòisealta
- Bun-structair agus Àrainneachd
- Coileanadh agus Riaghlachas
- Seilbh agus Taigheadas
- Goireasan agus Ionmhas

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mu structar Chomhairle na Gàidhealtachd an seo:

www.highland.gov.uk/downloads/file/4610/know_your_council

Far a bheil na h-oifisean

Tha Prìomh Oifis Chomhairle na Gàidhealtachd stèidhichte air Rathad Ghlinn Urchadain ann an Inbhir Nis agus tha lionra de dh'oifisean aig a' Chomhairle, agus ionadan-seirbheise

airson seirbheisean ionadail a lìbhrigeadh, a' toirt cothrom dhan phoball comhairle is fiosrachadh fhaighinn agus cunntasan Comhairle a phàigheadh.

Ann an cuid de dh'ionadan-seirbheise, tha a' Chomhairle cuideachd a' toirt seachad seirbheis chlàrachaidh airson breith, pòsadh is bàs a chlàrachadh a bharrachd air a bhith a' dèanamh phòsaidhean is chom-pàirteachasan catharra. Gheibhear seirbheisean clàrachaidh tron fòn cuideachd.

Plana Corporra Chomhairle na Gàidhealtachd 2022–27

Tha Plana Corporra Chomhairle na Gàidhealtachd 2022–27 a' gabhail a-steach nam prìomhachasan ro-innleachdail bho Phrògram na Comhairle. Tha e a' mìneachadh nan ceumannan is nan gnìomhan riatanach airson prìomhachasan na Comhairle airson 2022–27 a lìbhrigeadh is a sgrùdadh. Tha mòran àrd-amasan sa Phlana Chorporra, agus 's e aon dhiubh sin gum bithear a' leantainn air adhart a' brosnachadh cànan na Gàidhlig, foghlam Gàidhlig agus leasachadh cultarach.

Plana na Gàidhlig anns an structar chorporra

Tha PG Chomhairle na Gàidhealtachd 2024–29 a' mìneachadh structar foirmeil airson a bhith a' neartachadh nan leasachaidhean a th' ann mar-thà agus a' toirt a-steach iomairtean ùra agus targaidean soilleir. Tha Prògram Chomhairle na Gàidhealtachd agus Plana Corporra Chomhairle na Gàidhealtachd a' cur taic ris a seo.

Tha Sgioba Gàidhlig na Comhairle stèidhichte ann an Seirbheis an Fhoghlaim agus an Ionnsachaidh, agus tha dleastanas corporra aig Seirbheis a' Choileanaidh agus an Riaghlachais airson leasachadh ro-innleachdail agus lìbhrigeadh a' Phlana Ghàidhlig. 'S e Àrd-Oifigear Gnìomhach a' Choileanaidh agus an Riaghlachais an t-Oifigear Stiùiridh Ro-innleachdail airson na Gàidhlig.

Am measg buill Sgioba na Gàidhlig aig a bheil dleastanas obrachail bho latha gu latha, tha:

- Manaidsear Leasachaidh Gàidhlig aig a bheil raon-ùghdarrais Oifigear Taic Foghlaim
- Oifigear Leasachaidh Gàidhlig
- Oifigear Poileasaidh Gàidhlig
- Prìomh Oifigear Eadar-theangachaidh
- trì Oifigearan Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd (Gàidhlig); agus
- taic rianachd Gàidhlig air chùmhnannt.

Mu dheireadh, tha e cudromach a dhèanamh soilleir gu bheil am PG so-fhreagrach gus an urrainn dhan Chomhairle a bhith co-fhreagrach do shuidheachaidhean a tha ag atharrachadh, agus tha am PG cuideachd a' toirt subailteachd dhan Chomhairle freagairt air cothroman a dh'fhaodadh tighinn am bàrr a thaobh a libhrigeadh is a bhuileachadh.

A' Ghàidhlig taobh a-staigh raon-obrach Chomhairle na Gàidhealtachd

Tha Comhairle na Gàidhealtachd ag aithneachadh gu bheil a' Ghàidhlig na pàirt bunaiteach de dhualchas, dearbh-aithne nàiseanta agus beatha chultarail na h-Alba. Tha a' Chomhairle dealasach a thaobh nan amasan, raointean prìomhachais agus gealltanasan mar a thathar a' mìneachadh ann am PNG 2018–23.

Tha am PG seo stèidhichte air na trì prìomh amasan a tha air am mìneachadh ann am PNG 2018–23:

- A' toirt fàs air cleachdadh na Gàidhlig
- A' toirt fàs air ionnsachadh na Gàidhlig
- A' cur deagh ìomhaigh air adhart airson na Gàidhlig

Tha PG Chomhairle na Gàidhealtachd a' leantainn nan ceithir cuspairean a leanas:

- Coimhearsnachdan agus Dachaigh
- Meadhanan, Ealainean, Cultar agus Dualchas
- Gnìomhachas agus an Eaconamaidh
- Foghlam

A' Ghàidhlig mar sho-mhaoin eaconamach agus shòisealta anns a' Ghàidhealtachd

Ann an co-bhann ri Iomairt na Gàidhealtachd 's nan Eilean agus com-pàirtichean eile, choimiseanaich Comhairle na Gàidhealtachd [aithisg neo-eisimeileach](#) a rinn rannsachadh air buaidh na Gàidhlig air gnìomhachasan agus iomairtean sòisealta. B' e an t-adhbhar fiosrachadh a chruinneachadh mu ghnìomhachd eaconamach is dealas a' buntainn ris a' Ghàidhlig, gus am bi fiosrachadh nas fheàrr aig coimhearsnachd na Gàidhlig nuair a thathar a' dèanamh cho-dhùnidhean san àm ri teachd. Cho-dhùin an aithisg gun robh:

- 60 % de na gnìomhachasan a bha san t-suirbhidh dhen bheachd gun robh mar a bha iad a' cleachdadh na Gàidhlig a' cur ri luach a' chànain taobh a-staigh na coimhearsnachd; agus
- a' Ghàidhlig na buannachd, gu h-àraid nuair a bhathar ga cleachdadh gus na gnìomhachasan cruthachail, turasachd agus biadh is deoch a chur air adhart.

B' iad na prìomh thoraidhean bho na gnìomhachasan is na h-iomairtean sòisealta a thug seachad comhairle, gu bheil:

- a' Ghàidhlig air a cleachdadh le còrr is 60% de na gnìomhachasan mar phrìomh eileamaid dhen bhathar no dhen t-seirbheis aca;
- cha mhòr dà thrian ag aithneachadh gun robh a' Ghàidhlig na prìomh eileamaid ann an soirbheachas a' ghnìomhachais aca;
- a' Ghàidhlig gu h-àraid cudromach do ghnìomhachasan a tha ag obrachadh sna gnìomhachasan cruthachail;
- 70% de ghnìomhachasan ag aithneachadh gun robh a' Ghàidhlig na buannachd dhan ghnìomhachas aca;
- cha mhòr 60% de ghnìomhachasan a tha mar-thà a' cleachdadh na Gàidhlig a' faicinn chothroman a bharrachd gus tuilleadh feum a dhèanamh dhen chànain; agus
- aon trian de ghnìomhachasan a tha a' faicinn na Gàidhlig mar bhuanachd, comasach air an luach dhan ghnìomhachas aca a thomhas. De na 34 gnìomhachasan seo, bha a' Ghàidhlig a' cur ri tionndadh-airgid mu £4 millean.

Faodar an aithisg iomlan a leughadh aig <https://www.hie.co.uk/media/5379/ar-st%C3%B2ras-g%C3%A0idhlig-executive-summary.pdf>

Foghlam Gàidhlig ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd

Tron deasachadh seo dhen PG, thathar a' toirt iomraidhean air 'foghlam Gàidhlig'. Thathar a' cleachdadh na h-abairte seo nuair a thathar a' bruidhinn mu chùisean a tha a' buntainn an dà chuid ri Foghlam tron Ghàidhlig (FtG) agus Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (FLI).

Chaidh FtG a chur air bhog gu foirmeil sna 1980an. B' ann ann am Bun-Sgoil a' Mheadhain ann an Inbhir Nis a bha a' chiad ionad FtG aig Comhairle na Gàidhealtachd, a' toirt seachad bogadh sa Ghàidhlig, far am faodadh clann an cànan a ghabhail a-steach anns gach taobh dhen ionnsachadh aca, is iad mean air mhean a' leasachadh comas cànan is fileantachd. Tha fàs ann am FtG air a bhith luath is soirbheachail gu nàiseanta, agus 's e Comhairle na Gàidhealtachd an solaraiche as motha de FtG aig an àm seo. Tha foghlam Gàidhlig air fad cudromach, ach thathar a' faicinn FtG mar an dòchas as fheàrr gus dèanamh cinnteach gum


bi a' Ghàidhlig maireannach is gun leasaich i, agus mar sin tha e na phrìomhachas aig Riaghaltas na h-Alba.

Tha Comhairle na Gàidhealtachd a' libhrigeadh FLI agus Gàidhlig Luchd-ionnsachaidh taobh a-staigh modh-obrach 1+2. Bu chòir beachdachadh air FLI ann an co-theacsa ionnsachadh cànan nas fharsainge. Tha dleastanas aig ùghdarrasan ionadail brosnachadh agus taic a thoirt do dh'fhoghlam agus ionnsachadh tron Ghàidhlig (Earrann 15 de dh'Achd 2016). Feumaidh ùghdarras foghlaim comas solarachaidh FtG agus FLI a chur air adhart le eòlas ionnsachadh cànan a tha sàr-mhath agus adhartach ann am FLI, le amas a bhith a' leantainn air adhart leis a seo dhan àrd-sgoil gu teisteanasan is duaisean Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh) san ìre as Àirde.


Tha poileasaidh Riaghaltas na h-Alba, Ionnsachadh Cànan ann an Alba: Modh-obrach 1+2, ag amas air dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig a h-uile leanabh nuadh-chànan ionnsachadh (ris an canar C2) bho BS1 gu deireadh Foghlam Farsaing Coitcheann (FFC) (ÀS3). A bharrachd air a seo, tha làn-chòir aig gach leanabh dàrna nuadh-chànan (ris an canar C3) ionnsachadh bho BS5 air adhart.

1+2 Language Learning within Gaelic Education

Gaelic Medium Education




Gaelic Learner Education



Tha [mapa air-loidhne](#) air làrach-lìn na Comhairle a tha a’ sealltainn do phàrantan is do luchd-cùraim far a bheil na sgìrean anns a bheil a’ Chomhairle a’ solarachadh foghlam Gàidhlig sgoil-àraich, bun-sgoile is àrd-sgoile.

Tha am mapa gu h-ìosal a’ sealltainn an fhiosrachaidh a leanas:

- Gach solar sgoil-àraich Gàidhlig (saighdean buidhe)
- Gach solar bun-sgoile Gàidhlig (croisean gorma)
- Gach solar àrd-sgoile Gàidhlig (prìneachan dearga)



Tha am fiosrachadh seo ri fhaotainn air làrach-lìn na Comhairle aig:

https://www.highland.gov.uk/info/878/schools/18/gaelic_medium_education

Earrann bho Chunntas-sluaigh na h-Alba 2011		
	Sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd (2011)	Alba (2011)
Gach neach aois 3 is nas sine	224,606	5,118,223

Àireamhan sgoilearan foghlam Gàidhlig ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd

Tha na clàran a leanas a' toirt seachad fiosrachadh mu àireamhan sgoilearan ann am foghlam Gàidhlig ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd.

Tha a' Chomhairle airson dèanamh cinnteach gu bheil a' dèanamh choimeasan iomchaidh a thaobh adhartas ann a bhith ag àrdachadh nan àireamhan a tha a' dol a-steach gu, no a' gabhail, foghlam Gàidhlig. Tha a' Chomhairle a' toirt seachad dàta a' sealltainn na h-àireimh sa cheud de sgoilearan ann am foghlam Gàidhlig mar cho-roinn de chlàran-sgoile iomlan sgoiltean na Gàidhealtachd. Tha seo a' toirt seachad foir-shealladh nas iomlaine air na tha a' gabhail FtG, agus coileanadh ann am FtG.

Thar nan solaran seo, tha àireamh iomlan de 1,827 sgoilear ann an sgìre na Gàidhealtachd aig an àm seo ann am FtG 3–18 le 2,030 air an clàradh ann am FLI ann an àrd-sgoiltean tron dàta a chaidh a chruinneachadh san t-suirbhidh sgoilearan Gàidhlig againn san t-Sultain.

Àireamhan sgoilearan ann am foghlam Gàidhlig ann an sgoiltean Chomhairle na Gàidhealtachd						
Bliadhna	Sgoiltean-àraich FtG	Cròileagain choimiseanaichte	Sgoilearan bun-sgoile FtG	Àrd-sgoiltean		
				FtG – a' dèanamh Gàidhlig	FtG – a' dèanamh chuspairean tron Ghàidhlig	FLI
2020–21	260	23	1,058	414	286	2,208
2021–22	274	33	1,082	438	287	2,204
2022–23	303	36	1,101	436	354	2,030

Thoiribh fa-near, anns a' chlàr gu h-ìosal, gu bheil na figearan airson clàrachaidhean maoinichte iomlan ann an tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne ann an sgìre na Gàidhealtachd aig Cunntas na Sultaine 2022 air an cur a-steach aig ìre iomlan, chan ann fa leth, airson gach suidheachadh. Tha sgoilearan a bhios a' frithealadh barrachd air aon ionad air an cunntais anns gach ionad a bhios iad a' frithealadh.

Sgoilearan ann an sgoiltean-àraich a tha air am maoineachadh gu poblach/cròileagain choimiseanaichte – àireamhan sgoilearan aig toiseach na bliadhna acadaimigich		
Bliadhna	2020–21	2021–22
Iomlan Chomhairle na Gàidhealtachd	3,952	4,092

Sgoilearan FtG	283	307
% Sgoilearan FtG	7.16%	7.5%

Sgoilearan ann am bun-sgoiltean a tha air am maoinachadh gu poblach		
Bliadhna	2020–21	2021–22
Iomlan Chomhairle na Gàidhealtachd	16,843	16,799
Sgoilearan FtG	1,058	1,082
% Sgoilearan FtG	6.28%	6.44%

Tha àireamhan sgoilearan ann am FtG air an tomhas ann an dà dhòigh: na sgoilearan a tha a' dèanamh Gàidhlig do luchd-labhairt fileanta (Gàidhlig), agus sgoilearan a tha a' dèanamh chuspairean tro mheadhan na Gàidhlig.

Sgoilearan ann an àrd-sgoiltean Chomhairle na Gàidhealtachd a tha air am maoinachadh gu poblach		
Bliadhna	2020–21	2021–22
Iomlan Chomhairle na Gàidhealtachd	13,841	14,046
Gàidhlig	414	438
% Gàidhlig	2.99%	3.12%
Cuspairean FtG	286	287
% Cuspairean FtG	2.07%	2.04%
Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh)	2,208	2,204
% Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh)	15.95%	15.69%

Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (FLI agus Modh-obrach Ionnsachadh Cànan 1+2)

Tha Comhairle na Gàidhealtachd aig an àm seo a' gabhail os làimh a bhith a' leasachadh is a' libhrigeadh trèanadh de chàileachd àrd dhan luchd-obrach air fad a tha a' libhrigeadh Gàidhlig mar C2 no C3 thar sgìre na Gàidhealtachd.

Sgoiltean C2	27 sgoiltean a' libhrigeadh Gàidhlig mar C2
Sgoiltean C3	63 sgoiltean a' libhrigeadh Gàidhlig mar C3

Gàidhlig àrd-sgoile (Luchd-ionnsachaidh)	18 àrd-sgoiltean a' tabhann Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh)
---	---

Sgoiltean a' libhrigeadh na Gàidhlig mar C2 agus C3

Sgìre	C2	C3	Sgoiltean nach eil a' libhrigeadh Gàidhlig	Àireamh iomlan bhun-sgoiltean	Solar C2 is C3 mar cheudad san sgìre
Meadhan	1	9	23	33	30%
Tuath	2	7	21	30	30%
Deas	0	24	26	50	48%
Siar	24	23	7	54	87%

A' Ghàidhlig ann an Alba

Ann an com-pàirteachas le co-obraichean aig Ainmean-Àite na h-Alba (AÀA), tha Bòrd na Gàidhlig air mapa a dhèanamh de dh'ainmean-àite Gàidhlig bho air feadh na h-Alba, a' sealltainn buaidh fharsaing a' chànain. Chithear seo aig: <https://www.ainmean-aite.scot>

Ann an Cunntas-sluaigh na h-Alba 2011, chlàraich 57,375 neach (1.1% de shluagh na h-Alba nas sine na trì bliadhna a dh'aois) gum b' urrainn dhaibh a' Ghàidhlig a bhruidhinn. Chaidh co-dhùnadh, ged a bha lùghdachadh iomlan ann an luchd-labhairt eadar 2001 agus 2011, gun robh an àireamh air àrdachadh am measg nam buidhnean-aoise a b' òige.

Tha an co-rèir as motha de luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Comhairle nan Eilean Siar, le sgilean air choreigin anns a' chànain aig 61% de dhaoine aois trì agus nas sine. Ann an sgìre na Gàidhealtachd tha seo aig 7.4% agus ann an Earra-Ghàidheal is Bòd aig 5.9%. Bha Baile Ghlaschu coltach ris a' chuibheas Albannach aig 1.7%.

Achd na Gàidhlig (Alba) 2005

Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba gus inbhe na Gàidhlig a dhaingneachadh mar chànain oifigeil ann an Alba, aig a bheil spèis co-ionann ris a' Bheurla.

'S e aon de prìomh fheartan Achd 2005 gu bheil a' toirt comas do Bhòrd na Gàidhlig iarraidh air ùghdarras ionadail plana Gàidhlig ullachadh. Chaidh an solar seo a chur air dòigh gus dèanamh cinnteach gu bheil an roinn phoblach ann an Alba a' cur ri bhith a' cruthachadh àm ri teachd seasmhach airson na Gàidhlig le bhith a' togail a h-inbhe is a h-ìomhaigh agus le bhith a' cruthachadh chothroman practaigeach airson a bhith ga cleachdadh.

'S e an sgrìobhainn seo an ceathramh deasachadh de Phlana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd, air ullachadh taobh a-staigh frèam-obrach agus slatan-tomhais reachdail Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, le aire do Phlana Nàiseanta na Gàidhlig agus an 'Stiùireadh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig'.

Tha am Plana a' còmhachadh còig bliadhna bho 2024 gu 2029 agus a' togail air an adhartas a rinneadh anns na trì deasachaidhean roimhe. Tha e a' mìneachadh mar a chleachdas Comhairle na Gàidhealtachd a' Ghàidhlig ann an dreuchdan na Comhairle, agus mar a bheir a' Chomhairle cothrom seachad airson a bhith a' cleachdadh, a' leasachadh is a' cur air adhart cànan is cultar na Gàidhlig thar seirbheisean na Comhairle agus le a prìomh chom-pàirtichean.

Plana Nàiseanta na Gàidhlig

Tha Comhairle na Gàidhealtachd a' toirt gealltanais gun cuir i ri bhith a' coileanadh nan amasan ann am PNG le bhith:

- a' cur ri cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh na buidhne agus a' brosnachadh barrachd dhaoine a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig nuair a tha iad a' conaltradh rinn;
- a' cur ris na cothroman a th' ann do dhaoine a' Ghàidhlig ionnsachadh mar phàirt dhen obair againn bho latha gu latha; agus
- a' cur deagh ìomhaigh air adhart airson na Gàidhlig.

Buidhean planaigidh is poileasaidh airson na Gàidhlig agus ceanglaichean ri prìomhachasan nàiseanta

Tha Comhairle na Gàidhealtachd ag aithneachadh gun tèid na diofar raointean prìomhachais a tha air an comharrachadh ann am PNG a chur an gnìomh gu ìre tro PG Chomhairle na Gàidhealtachd, ach gun tig cothroman am bàrr cuideachd gus cànan is cultar na Gàidhlig a

bhrosnachadh is a leasachadh tro phlanaichean is phoileasaidhean a th' ann mar-thà. Bidh a' Chomhairle gu cunbhalach a' dèanamh ath-sgrùdadh air aithrisean is gealltanasan poileasaidh, airson raointean a chomharrachadh far am faod a' Ghàidhlig a bhith air a toirt a-steach gu gnìomhach, a bharrachd air na prìomhachasan ann am PNG a tha air an tòiseachadh tro na modhan-obrach seo.

Tha na poileasaidhean, ro-innleachdan agus planaichean a leanas aig Comhairle na Gàidhealtachd a' gabhail a-steach gealltanasan Gàidhlig:

- [Plana Corporra 2022-27](#)
- [Prògram Chomhairle na Gàidhealtachd](#)
- Plana na Gàidhlig
- [Stiùireadh mu Chleachdadh na Gàidhlig ann an Seirbheisean Chomhairle na Gàidhealtachd](#)
- Measadh Buaidh air Coimhearsnachdan nan Eilean
- Teamplaidean aithisg comataidh
- [Ro-innleachd Conaltraidh](#)
- Poileasaidh agus Leabhar-làimhe Shoidhnichean Gàidhlig (ann an dreachd)
- [Raon-ùghdarras Chomataidh na Gàidhlig](#)
- [Ro-innleachd Foghlam tron Ghàidhlig](#) agus
- An gealltanas againn do bhith a' lìbhrigeadh [chlasaichean Gàidhlig](#).

A' dèanamh na Gàidhlig àbhaisteach taobh a-staigh poileasaidhean Chomhairle na Gàidhealtachd

Tha Comhairle na Gàidhealtachd dhen bheachd gu bheil an leasachadh seo a' cur ri bhith a' dèanamh na Gàidhlig àbhaisteach ann am beatha làitheil.

Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd 2024–29

Tha Comhairle na Gàidhealtachd air a gealltanasan ro-innleachdail agus a gnìomhan comasachaidh a mhìneachadh a rèir nan raointean prìomhachais a leanas:

- Coimhearsnachdan agus Dachaigh
- Meadhanan, Ealainean, Cultar agus Dualchas
- Gnìomhachas agus an Eaconamaidh
- Foghlam

In-sgrùdadh air comas Gàidhlig

Thèid measadh a dhèanamh air sgilean Gàidhlig luchd-obrach na Comhairle sa chiad bhliadhna dhen Phlana seo. Thèid an dàta is am fiosrachadh bhon mheasadh air sgilean Gàidhlig a chur ri chèile agus thèid ath-sgrùdadh a dhèanamh air gu cunbhalach tro bheatha a' Phlana.

Co-chomhairleachadh mun Phlana Ghàidhlig

Dh'fhosgail an co-chomhairleachadh airson an dreachd PG air 10 Màrt 2023 agus bha e fosgailte airson sia seachdainean, gu 21 Giblean 2023.

Chaidh puist a chur a-mach air na meadhanan sòisealta agus chaidh fiosan naidheachd a sgaoileadh gus an co-chomhairleachadh poblach, agus na tachartasan co-chomhairleachaidh a bha co-cheangailte ris, a shanasachd.

Bhathar a' brosnachadh dhaoine freagairtean a chur a-steach air-loidhne tro shuirbhidh cho-chomhairleachaidh, a bha ri faotainn air làrach-lìn na Comhairle.

Chaidh trì tachartasan, far am faodadh daoine tadhal a-staigh, a chumail ann an Inbhir Nis, Port Rìgh agus Loch Abar.

Chaidh puist-d a chur gu cunbhalach gu luchd-ùidhe, a leithid bhuidhnean Gàidhlig, gus freagairtean a bhrosnachadh. Chaidh pasgan fiosrachaidh a thoirt dhaibh cuideachd mun dreachd PG. Bha na leanas sa phasgan:

- Lethbhreacan dhen dreachd PG
- Geàrr-chunntas dhen dreachd PG
- Sgrìobhainn a' mìneachadh nam prìomh atharrachaidhean eadar an treas is an ceathramh deasachadh dhen PG
- Seata de shlaighdean mun PG, airson deasbaireachd a bhrosnachadh am measg bhuidhnean.

Chaidh còrr is 500 beachd fhaotainn a thaobh an dreachd PG. Bha seo a' riochdachadh àrdachadh còrr is 13 uimhir an coimeas ris an àireimh fhreagairtean a chaidh fhaotainn tron cho-chomhairleachadh phoblach airson an treas deasachadh dhen PG.

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mun cho-chomhairleachadh poblach ann an Eàrr-ràdh 1.

2. Prìomh phrionnsapalan

Spèis cho-ionann

Fo chumhaichean Achd 2005, tha Bòrd na Gàidhlig ag obair gus inbhe na Gàidhlig a dhaingneachadh mar chànan oifigeil ann an Alba, aig a bheil spèis co-ionann ris a' Bheurla. Tha am Bòrd ag iarraidh air ùghdarrasan poblach sealltainn anns na planaichean aca mar a thèid am prionnsapal seo a choileanadh is a chumail suas ann an gnìomh.

Nì Comhairle na Gàidhealtachd cinnteach, far a bheilear a' toirt na Gàidhlig an lùib nan obraichean is nan seirbheisean againn, gum bi iad co-dhiù dhen aon inbhe is dhen aon chàileachd ris an fheadhainn a bhios sinn a' solarachadh sa Bheurla.

Tairgse ghnìomhach

Bheir Comhairle na Gàidhealtachd seachad tairgse ghnìomhach de na seirbheisean Gàidhlig againn dhan luchd-obrach againn agus dhan phoball. Nì seo cinnteach, far a bheil sinn a' toirt seachad seirbheisean Gàidhlig, gu bheil fios aig luchd-cleachdaidh na Gàidhlig mun deidhinn, agus gu bheilear gam brosnachadh gus an cleachdadh.

Bheir seo an dleastanas air falbh bho dhaoine fa leth a bhith ag iarraidh na seirbheise agus bheir seo misneachd do luchd-cleachdaidh na Gàidhlig gum bi fios aca gun tèid an cuid feumalachdan a choileanadh, mas e sin a tha iad a' roghnachadh.

Àbhaisteachadh

'S e prìomh amas na h-Achd cànan is cultar na Gàidhlig a chumail suas agus fhàs. Airson seo a choileanadh, tha a bhith a' dèanamh na Gàidhlig na pàirt àbhaisteach de bheatha Alba an latha an-diugh na phrìomh ghnìomh agus tha ùghdarrasan poblach aig cridhe seo.

Nì Comhairle na Gàidhealtachd cinnteach gu bheil na cothroman a tha aig a' phoball is aig an luchd-obrach againn a' Ghàidhlig a chleachdadh air an dèanamh àbhaisteach, mar thaic do dh'amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig.

3. Gealltanasan a' Phlana

Àrd-amasan

Tha àrd-amasan a' Phlana seo a' co-thaobhadh ri amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2018–23. Is iad:

- Cuir ri cleachdadh na Gàidhlig
- Cuir ri ionnsachadh na Gàidhlig
- Cuir deagh ìomhaigh air adhart airson na Gàidhlig

Prìomhachasan ro-innleachdail

Tha na clàran a leanas a' toirt geàrr-chunntas air na gnìomhan riatanach a tha a dhìth gus na prìomhachasan ro-innleachdail a lìbhrigeadh. Tha iad stèidhichte air na prìomhachasan ro-innleachdail a chaidh aontachadh eadar a' Chomhairle agus Bòrd na Gàidhlig.

Cuspair 1: Coimhearsnachdan agus Dachaigh – prìomhachasan ro-innleachdail

Prìomhachas ro-innleachdail 1.1

Meudaich taic do luchd-cleachdaidh is luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig uile, sna coimhearsnachdan aca, agus sna lìonraidhean anns a bheil iad ag obair.

Buil rùnaichte

Leasaichidh Comhairle na Gàidhealtachd planaichean airson ionnsachadh is leasachadh coimhearsnachd Gàidhlig timcheall air na sgoiltean anns a bheil Gàidhlig a-mhàin, agus timcheall air sgoiltean le roinn Foghlam tron Ghàidhlig airson taic a chur ri sgoilearan Foghlam tron Ghàidhlig (FtG) agus Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (FLI).

1	
Cleachdadh làithreach	'S e iomairt ùr a tha seo ri lìbhrigeadh.
Gnìomhan riatanach	Rannsaich iomairtean le buidhnean com-pàirteach airson dèanamh a-mach far a bheil sgoilearan a bha an lùib FtG air cumail a' dol le foghlam adhartach. Thèid toraidhean an rannsachaidh a cho-roinn le luchd-ùidhe.
Ceann-latha targaide	2027
Dleastanas	Sgioba na Gàidhlig

2	
Cleachdadh làithreach	<p>Ann an com-pàirteachas le sgoiltean FtG, tha sinn a' leantainn air adhart a' gleidheadh maoinachadh bhon taobh a-muigh gus taic a chur ri bhith a' leasachadh ghnìomhan neo-churraicealach agus iomairtean coimhearsnachd.</p> <p>Tha a' Chomhairle air gnìomhan taic cànan a chruthachadh timcheall air Buidhnean Sgoiltean Co-cheangailte na Comhairle, far a bheil FtG ri fhaotainn.</p> <p>Tha sinn a' leantainn air adhart ag obair ann an com-pàirteachas le buidhnean Gàidhlig a leithid Comunn na Gàidhlig (CnaG), Iomain Cholm Cille (ICC) agus FC Sonas, agus le High Life na Gàidhealtachd (HLG) airson tachartasan spòrs Gàidhlig ionadail is nàiseanta a libhrigeadh. Tha sinn cuideachd a' leantainn air adhart a' libhrigeadh thachartasan coidsidh airson Ceannardas Spòrs Gàidhlig Àrd-sgoile.</p> <p>Tha sinn a' leantainn air adhart ag obair ann an com-pàirteachas le buidhnean Gàidhlig a leithid Fèis Rois agus Taigh-cluiche Cùirt an Easbaig gus taic a chur ri bhith a' libhrigeadh thachartasan a' buntainn ri dràma, na meadhanan agus cultar.</p>

	Ann an com-pàirteachas le Sabhal Mòr Ostaig (SMO), bidh sinn a’ cur air dòigh agus a’ lìbhrigeadh pròiseact Seachdain nan Deugairean gach bliadhna.
Gnìomhan riatanach	Meudaich an taic lìonrachaidh do sgoilearan FtG anns na h-àrd-sgoiltean a tha co-cheangailte ris na sgoiltean anns a bheil Gàidhlig a-mhàin.
Ceann-latha targaide	Gach bliadhna tro PG Chomhairle na Gàidhealtachd 2024–29
Dleastanas	Sgioba na Gàidhlig

3	
Cleachdadh làithreach	Tha sinn air tòiseachadh air planaichean pìleatach a leasachadh airson ionnsachadh is leasachadh coimhearsnachd.
Gnìomhan riatanach	Obraich ann an co-bhann le sgoiltean FtG gus planaichean ionnsachadh is leasachadh coimhearsnachd a chur air dòigh, gus taic a thoirt do na sgoiltean, do na sgoilearan, agus dhan choimhearsnachd Ghàidhlig san fharsaingeachd.
Ceann-latha targaide	Gach bliadhna tro PG Chomhairle na Gàidhealtachd 2024–29
Dleastanas	Sgioba na Gàidhlig

4	
Cleachdadh làithreach	<p>Bidh sinn a’ libhrigeadh raon thachartasan coimhearsnachd, a’ gabhail a-steach cothroman airson gnìomhan eadar-ghinealaich.</p> <p>Tha sinn a’ leantainn air adhart ag obair ann an com-pàirteachas le buidhnean ionadail agus nàiseanta gus gnìomhan cultarach Gàidhlig a libhrigeadh.</p> <p>Tha sinn a’ leantainn air adhart a’ toirt taic do bhuidhnean coimhearsnachd leis na prògraman ghnìomhan Gàidhlig aca, a’ gabhail a-steach a bhith a’ toirt seachad taic ionmhasail.</p> <p>Bidh sinn a’ cur air dòigh tursan còmhnaidheach Gàidhlig do dh’òigridh a bhios a’ brosnachadh na Gàidhlig, agus ceanglaichean cànan is cultair eadar na dùthchannan Ceilteach.</p> <p>Bidh sinn ag obair ann an com-pàirteachas le Leasachadh Sgìlean na h-Alba agus prìomh bhuidhnean ionadail is nàiseanta gus tachartas dreuchdan Gàidhlig a chur air dòigh do sgoilearan àrd-sgoile gach bliadhna.</p>
Gnìomhan riatanach	Meudaich libhrigeadh gnìomhan cultarach Gàidhlig air feadh na Gàidhealtachd.
Ceann-latha targaide	Gach bliadhna tro PG Chomhairle na Gàidhealtachd 2024–29

Dleastanas	Sgioba na Gàidhlig
------------	--------------------

5	
Cleachdadh làithreach	Tha sinn a’ leantainn air adhart a’ leasachadh phlanaichean ionnsachadh agus leasachadh coimhearsnachd Gàidhlig ann an com-pàirteachas le sgoiltean FtG, a’ cur thachartasan togail-aire air dòigh, agus bidh sinn a’ leantainn air adhart a’ co-obrachadh le ùghdarrasan ionadail tron bhuidhinn nàiseanta Gàidhlig GLAD.
Gnìomhan riatanach	Neartaich is thoir tuilleadh leasachaidh air ionnsachadh is leasachadh coimhearsnachd taobh a-staigh nan sgoiltean anns a bheil Gàidhlig a-mhàin ann an sgìre na Gàidhealtachd.
Ceann-latha targaide	Gach bliadhna tro PG Chomhairle na Gàidhealtachd 2024–29
Dleastanas	Sgioba na Gàidhlig

6	
Cleachdadh làithreach	Tha sinn a’ leantainn air adhart a’ toirt taic do bhuidhnean coimhearsnachd len cuid prògraman de ghnìomhan Gàidhlig. Ann an com-pàirteachas le sgoiltean FtG, tha sinn a’ leantainn air adhart a’ gleidheadh maoinachadh bhon taobh a-muigh gus taic a chur ri bhith a’ leasachadh

	<p>ghnìomhan neo-churraicealach is iomairtean coimhearsnachd, a' lìbhrigeadh làithean cultarach Gàidhlig ann an com-pàirteachas le sgoiltean FtG cuimsichte, agus a' leantainn air adhart a' tabhann chlasaichean ealain sa Ghàidhlig do chloinn.</p> <p>Bìdh sinn cuideachd ag obair còmhla ri raon de bhuidhnean Gàidhlig gus gnìomhan neo-churraicealach a lìbhrigeadh ann an spòrs, dràma, ceòl agus na h-ealain.</p> <p>Tha sinn a' leantainn air adhart a' toirt seachad prògraman de ghnìomhan is de thachartasan Gàidhlig tro làithean-saora na sgoile gus cur ri cleachdadh na Gàidhlig taobh a-muigh foghlam foirmeil.</p>
Gnìomhan riatanach	Lean air adhart a' toirt taic do, is a' meudachadh, ghnìomhan neo-churraicealach a tha air an lìbhrigeadh tron Ghàidhlig.
Ceann-latha targaide	Gach bliadhna tro PG Chomhairle na Gàidhealtachd 2024–29
Dleastanas	Sgioba na Gàidhlig

7	
Cleachdadh làithreach	Tha sinn a' leantainn air adhart ag obair le raon de bhuidhnean Gàidhlig gus gnìomhan spòrs agus cothroman ann an ceannardas spòrs a lìbhrigeadh do sgoilearan FtG ann an sgìre na Gàidhealtachd.

	Tha sinn a’ leantainn air adhart a’ toirt taic do thachartasan spòrs ann an sgìre na Gàidhealtachd agus gu nàiseanta, a leithid Cuach na Cloinne agus Cupa Iomain na h-Òige do sgoilearan FtG aois bun-sgoile.
Gnìomhan riatanach	Ann an co-bhann le HLG agus buidhnean Gàidhlig, meudaich cothroman airson spòrs is ionnsachadh air a’ bhlàr a-muigh airson sgoilearan FtG ann an sgìre na Gàidhealtachd.
Ceann-latha targaide	Gach bliadhna tro PG Chomhairle na Gàidhealtachd 2024–29
Dleastanas	Sgioba na Gàidhlig

8	
Cleachdadh làithreach	Tha sinn a’ leantainn air adhart ag obair le raon de bhuidhnean Gàidhlig gus gnìomhan ealain, ciùil is cultarach Gàidhlig a lìbhrigeadh.
Gnìomhan riatanach	Ann an co-bhann le buidhnean Gàidhlig, meudaich cothroman do sgoilearan FtG ceangal a thogail le ealain, ceòl is cultar na Gàidhlig.
Ceann-latha targaide	Gach bliadhna tro PG Chomhairle na Gàidhealtachd 2024–29
Dleastanas	Sgioba na Gàidhlig

9	
Cleachdadh làithreach	<p>Tha sinn a’ leantainn air adhart ag obair còmhla ri sgoiltean agus raon de bhuidhnean Gàidhlig gus gnìomhan ealain, ciùil is cultarach Gàidhlig a libhrigeadh do sgoilearan FtG.</p> <p>Ann an com-pàirteachas le sgoiltean FtG, tha sinn a’ leantainn air adhart a’ gleidheadh maoinachadh bhon taobh a-muigh gus taic a chur ri bhith a’ leasachadh ghnìomhan neo-churraicealach is iomairtean coimhearsnachd, agus ann an com-pàirteachas le sgoiltean FtG cuimsichte, air làithean cultarach Gàidhlig a libhrigeadh.</p>
Gnìomhan riatanach	Meudaich is thoir tuilleadh leasachaidh air tachartasan cultarach ann an com-pàirteachas le sgoiltean Gàidhlig.
Ceann-latha targaide	Gach bliadhna tro PG Chomhairle na Gàidhealtachd 2024–29
Dleastanas	Sgioba na Gàidhlig Seirbheis Foghlaim agus Ionnsachaidh

10	
Cleachdadh làithreach	Tha sinn a’ leantainn air adhart a’ tabhann prògram adhartach de chlasaichean Gàidhlig do dh’inbhich, stèidhichte sa choimhearsnachd.

	<p>Gach bliadhna, bidh sinn a' cur air dòigh tachartas trènaidh do dh'oidean Gàidhlig ann an sgìre na Gàidhealtachd.</p> <p>Tha sinn a' leantainn air adhart a' libhrigeadh latha cultar Gàidhlig coimhearsnachd gach bliadhna.</p>
Gnìomhan riatanach	Lìbhrig cothroman gus taic a thoirt do luchd-ionnsachaidh inbheach ann an co-theacsa coimhearsnachd, a leithid tursan còmhnaidheach is tursan iomlaid do dh'inbhich.
Ceann-latha targaide	Gach bliadhna tro PG Chomhairle na Gàidhealtachd 2024–29
Dleastanas	Sgioba na Gàidhlig

11	
Cleachdadh làithreach	Bidh a' Chomhairle gu cunbhalach a' conaltradh le AÀA, airson dèanamh cinnteach gu bheilear a' cleachdadh chruthan cearta is ùghdarrasach de dh'ainmean-àite Gàidhlig air soidhnichean agus sgrìobhainnean uile.
Gnìomhan riatanach	Lean air adhart ag obair còmhla ri AÀA gus cùrsa ainmean-àite Gàidhlig a leasachadh do sgoilearan bun-sgoile FtG.
Ceann-latha targaide	Lùnastal 2026
Dleastanas	Sgioba na Gàidhlig

Prìomhachas ro-innleachdail 1.2

Thoir seachad iomairtean gus ionnsachadh na Gàidhlig a bhrosnachadh am measg dhaoine òga is theaghlaichean san dachaigh.

Buil rùnaichte

Cruthaich cothroman airson taic a thoirt do phàrantan is do theaghlaichean gus a' Ghàidhlig a chleachdadh anns an dachaigh.

1	
Cleachdadh làithreach	<p>Tha sinn a' leantainn air adhart a' cur bhùithtean-obrach 'FtG agus Buannachdan Dà-chànanais' air dòigh, le amas air pàrantan thràth-bhliadhnaichean.</p> <p>Tha sinn a' leantainn air adhart a' leasachadh raon de chothroman is thachartasan ionnsachadh teaghlaich.</p> <p>Chuir sinn air dòigh iomairtean ionnsachadh teaghlaich agus tachartasan brosnachaidh gus taic a thoirt do phàrantan is sgoilearan FtG.</p> <p>Chaidh Seachdain Ionnsachadh Gàidhlig Teaghlaich a libhrigeadh ann an com-pàirteachas le SMO.</p>

	Tha sinn a' leantainn air adhart a' tabhann chlasaichean Gàidhlig adhartach airson taic a chur ri cànan na Gàidhlig san dachaigh.
Gnìomhan riatanach	Cruthaich goireas cànan Gàidhlig air-loidhne do phàrantan FtG, airson taic a thoirt dhan Ghàidhlig anns an dachaigh.
Ceann-latha targaid	Cruthaichte gun a bhith nas anmoiche na 2025 agus ùraichte mar a bhios a dhìth
Dleastanas	Sgioba na Gàidhlig Seirbheis Foghlaim agus Ionnsachaidh

2	
Cleachdadh làithreach	Leasaich sinn an goireas Fàs Foghlaim gus FtG a bhrosnachadh am measg phàrantan thràth-bhliadhnaichean.
Gnìomhan riatanach	Leasaich an goireas Fàs Foghlaim, agus dèan cinnteach gu bheil e a' co-thaobhadh le PNG, le bhith a' leasachadh duilleag-fiosrachaidh mu FtG. Ùraich an leabhar-làimhe fiosrachaidh FtG do phàrantan aig Comhairle na Gàidhealtachd.
Ceann-latha targaid	Dùbhlachd 2025
Dleastanas	Sgioba na Gàidhlig

3	
Cleachdadh làithreach	Tha sinn air a dhol an sàs ann an com-pàirteachas ro-innleachdail Gàidhlig Breith gu Trì le Bòrd na Gàidhlig agus Care and Learning Alliance (CALA) airson fàs a thoirt air roinn Ghàidhlig Breith gu Trì ann an sgìre na Gàidhealtachd.
Gnìomhan riatanach	Lìbhrig am plana trì-bliadhna Breith gu Trì Gàidhlig.
Ceann-latha targaide	Sultain 2024–27
Dleastanas	Sgioba na Gàidhlig Seirbheis Foghlaim agus Ionnsachaidh

4	
Cleachdadh làithreach	'S e iomairt ùr a tha seo.
Gnìomhan riatanach	Rannsaich agus comasaich cothroman gus clubaichean tèarainte/stiùirichte airson geamaireachd Gàidhlig a chruthachadh do dhaoine òga.
Ceann-latha targaide	2025
Dleastanas	Sgioba na Gàidhlig Seirbheis Foghlaim agus Ionnsachaidh

Cuspair 2: Meadhanan, Ealainean, Cultar, Dualchas – prìomhachasan ro-innleachdail

Prìomhachas ro-innleachdail 2.1

Toradh nam Meadhanan is nan Ealainean Gàidhlig – cruthaich cothroman airson cur an cèill, sgilean, ruigsinneachd, com-pàirteachadh agus cruthachalachd.

Buil rùnaichte

Bidh Comhairle na Gàidhealtachd a’ co-obrachadh le iomairtean ionadail is nàiseanta a’ buntainn ris na meadhanan is na h-ealainean Gàidhlig, agus a’ toirt taic dhaibh.

1	
Cleachdadh làithreach	Tha sinn a’ leantainn air adhart ag obair ann an com-pàirteachas leis a’ Chomunn Ghàidhealach gus am Mòd Nàiseanta Rìoghail a libhrigeadh ann an sgìre na Gàidhealtachd aon uair anns gach ceithir bliadhna.
Gnìomhan riatanach	Obraich ann an com-pàirteachas leis a’ Chomunn Ghàidhealach gus am Mòd Nàiseanta Rìoghail a libhrigeadh ann an sgìre na Gàidhealtachd as t-fhoghar 2025.
Ceann-latha targaide	Foghar 2025
Dleastanas	Sgioba na Gàidhlig

2	
Cleachdadh làithreach	<p>Tha sinn a’ leantainn air adhart ag obair ann an com-pàirteachas le buidhnean ionadail agus nàiseanta eile airson taic a thoirt do ghnìomhan cultarach air feadh na Gàidhealtachd. Tha sinn a’ leantainn air adhart a’ togail deagh chom-pàirteachadh le riochdairean bho roinnean nam meadhanan is nan ealainean Gàidhlig.</p> <p>Tha sinn air taic tabhartas ionmhasail a thoirt seachad gach bliadhna do phrìomh chom-pàirtichean airson cuideachadh le bhith a’ libhrigeadh phrògraman taobh a-staigh roinn nam meadhanan is nan ealainean Gàidhlig, a’ gabhail a-steach nan gnìomhachasan cruthachail. Nam measg: Fèisean nan Gàidheal, Fèis Rois, Fèis Bhlas, am Mòd Nàiseanta Rìoghail, agus AÀA.</p> <p>Tha sinn a’ leantainn air adhart a’ toirt taic do Dheasbad Nàiseanta nan Àrd-sgoiltean.</p> <p>Bidh sinn a’ co-obrachadh le SMO a thaobh a’ Mheòrachain Thuigse a th’ ann an-dràsta.</p> <p>Air stèidh bhliadhnail, bidh sinn a’ gabhail com-pàirt ann an Seachdain na Gàidhlig.</p>

	Tha sinn a’ leantainn air adhart a’ toirt taic do dh’ionadan cultarach Gàidhlig, a leithid Cultarlann Inbhir Nis agus tha sinn a’ leantainn air adhart ag obair còmhla ri HLG gus cothroman a thoirt seachad dhan Ghàidhlig ann an cultar, cur-seachad, slàinte is sunnd.
Gnìomhan riatanach	Meudaich na thathar a’ lìbhrigeadh de ghnìomhan cultarach Gàidhlig air feadh na Gàidhealtachd.
Ceann-latha targaide	Gach bliadhna tro PG Chomhairle na Gàidhealtachd 2024–29
Dleastanas	Sgioba na Gàidhlig

3	
Cleachdadh làithreach	Tha sinn a’ leantainn air adhart a’ toirt taic do phròiseact FilmG, a’ gabhail a-steach com-pàirteachadh le sgoiltean, daoine fa leth agus buidhnean coimhearsnachd.
Gnìomhan riatanach	Obraich còmhla ri pròiseact FilmG airson dèanamh cinnteach gum bi sgoiltean is riochdairean coimhearsnachd bho air feadh na Gàidhealtachd a’ gabhail pàirt ann am FilmG gach bliadhna.
Ceann-latha targaide	Gach bliadhna tro PG Chomhairle na Gàidhealtachd 2024–29
Dleastanas	Sgioba na Gàidhlig Seirbheis Foghlaim agus Ionnsachaidh

4	
Cleachdadh làithreach	'S e iomairt ùr a tha seo.
Gnìomhan riatanach	Obraich ann an com-pàirteachas le buidhnean-gnìomha ceòl traidiseanta iomchaidh airson Duaisean Ceòl Traidiseanta Albannach MG ALBA a lìbhrigeadh ann an sgìre na Gàidhealtachd.
Ceann-latha targaide	2024–25
Dleastanas	Sgioba na Gàidhlig High Life na Gàidhealtachd

5	
Cleachdadh làithreach	'S e iomairt ùr a tha seo.
Gnìomhan riatanach	Obraich ann an com-pàirteachas le Fèis nam Meadhanan Ceilteach gus an fhèis a lìbhrigeadh anns a' Ghàidhealtachd.
Ceann-latha targaide	2024–29
Dleastanas	Sgioba na Gàidhlig High Life na Gàidhealtachd

Cuspair 3: Gnìomhachas agus an Eaconamaidh – prìomhachasan ro-innleachdail

Prìomhachas ro-innleachdail 3.1

Cleachd a' Ghàidhlig ann an gnìomhachasan is iomairtean sòisealta, agus mar stòras eaconamach ann an Alba.

Buil rùnaichte

Bidh Comhairle na Gàidhealtachd a' co-obrachadh le gnìomhachasan agus iomairtean sòisealta ionadail is nàiseanta, agus a' toirt taic dhaibh, gus cur ri cleachdadh na Gàidhlig anns na seirbheisean aca agus taobh a-staigh nan àiteachan-obrach aca.

1	
Cleachdadh làithreach	<p>Tha sinn a' leantainn air adhart ag obair còmhla ri buidhnean agus gnìomhan Gàidhlig cultarach, ciùil, dràma is ealain a libhrigeadh.</p> <p>Tha Aonta Ìre Seirbheis aig Comhairle na Gàidhealtachd leis a' Chomunn Ghàidhealach a tha a' tighinn gu crìch ann an 2025. 'S e pàirt dhen aonta sin gum feum An Comunn Gàidhealach Measadh Buaidh Eaconamach a chur a-steach às dèidh dhan Mhòd Nàiseanta Rìoghail a bhith air a chumail ann an sgìre na Gàidhealtachd.</p>

	<p>Cuideachd, tha sinn ag iarraidh gun cuir Fèis Bhlas a-steach mion-fhiosrachadh mu bhuidh eaconamach gach bliadhna.</p> <p>Tha sinn a’ leantainn air adhart ag obair gu soirbheachail còmhla ri buidhnean a leithid Fèisean nan Gàidheal, Fèis Rois agus Fèis Bhlas gus gnìomhan cultarach, ciùil, dràma is ealain a lìbhrigeadh.</p> <p>Tha na tachartasan seo air cothrom a thoirt do dhaoine a tha a’ tadhal air a’ Ghàidhealtachd a’ Ghàidhlig a chluinntinn agus tha seo a’ cur ris an eòlas chultarach aca. Thug sinn fa-near gun do dh’fhiosraich VisitScotland gu bheil ùidh aig 1 a-mach à 3 neach-tadhail ann a bhith ag ionnsachadh mun Ghàidhlig nuair a tha iad a’ tadhal air Alba. Mar sin, tha na tachartasan seo nan so-mhaoin eaconamach is chultarach do sgìre na Gàidhealtachd.</p>
Gnìomhan riatanach	<p>Obraich còmhla ri buidhnean is com-pàirtichean iomchaidh a leithid Iomairt na Gàidhealtachd ’s nan Eilean, Leasachadh Sgìlean na h-Alba, VisitScotland, SMO, Alba Chruthachail, Àrainneachd Eachdraidheil Alba agus Bòrd na Gàidhlig gus buannachdan eaconamach cànan is cultar na Gàidhlig a thoirt gu buil.</p>
Ceann-latha targaide	Dùbhlachd 2026
Dleastanas	Sgioba na Gàidhlig

2	
Cleachdadh làithreach	'S e iomairt ùr a tha seo.
Gnìomhan riatanach	Obraich còmhla ri Leasachadh Sgìlean na h-Alba gus fiosrachadh bhon mhargadh-obrach a ghlacadh a thaobh slighean dreuchdail dhaoine òga às dèidh foghlam Gàidhlig. Tha seo a' ceangal ri gnìomh 1 fo phrìomhachas ro-innleachdail 1.1.
Ceann-latha targaide	2027
Dleastanas	Sgioba na Gàidhlig

3	
Cleachdadh làithreach	Bidh Comhairle na Gàidhealtachd ag obair còmhla ri VisitScotland agus buidhnean is fòraman turasachd ionadail gus leantainn air adhart a' brosnachadh na Gàidhlig mar mheadhan airson a bhith a' tarraing luchd-turais agus airson a bhith a' cur ris an turas aca.
Gnìomhan riatanach	Brosnaich buannachdan eaconamach na Gàidhlig dhan roinn ghnothachais ionadail.
Ceann-latha targaide	2026 agus gach bliadhna às dèidh sin tro bheatha PG Chomhairle na Gàidhealtachd 2024–29
Dleastanas	Sgioba na Gàidhlig

4	
Cleachdadh làithreach	'S e iomairt ùr a tha seo.
Gnìomhan riatanach	Obraich le buidhnean is com-pàirtichean iomchaidh gus Sgrùdadh Buaidh Eaconamach nan Gnìomhachasan Cruthachail (Ealain) a leasachadh. Tha an gnìomh seo a' ceangal ris a' chuspair Meadhanan, Ealainean, Cultar agus Dualchas.
Ceann-latha targaide	2026–29
Dleastanas	Sgioba na Gàidhlig Sgioba Eaconamach

5	
Cleachdadh làithreach	'S e iomairt ùr a tha seo.
Gnìomhan riatanach	Cuir toraidhean Sgrùdadh Buaidh Eaconamach nan Gnìomhachasan Cruthachail (Ealain) ann an gnìomh 4 fa chomhair Chomataidh na Gàidhlig.
Ceann-latha targaide	2026–29
Dleastanas	Sgioba na Gàidhlig

6	
Cleachdadh làithreach	'S e iomairt ùr a tha seo.
Gnìomhan riatanach	Cruthaich goireas Gàidhlig air-loidhne dhan choimhearsnachd ghnothachais, a chomharraicheas na buannachdan eaconamach a tha an lùib a bhith a'

	cleachdadh na Gàidhlig airson brìgh na Gàidhealtachd a dhaingneachadh.
Ceann-latha targaid	2026
Dleastanas	Sgioba na Gàidhlig Sgioba Teicneòlas Fiosrachaidh Sgioba Lìn Sgioba Leasachaidh agus Ath-bheòthachaidh Eaconamaich

7	
Cleachdadh làithreach	Bidh a’ Chomhairle gu cunbhalach a’ conaltradh le AÀA, airson dèanamh cinnteach gu bheil a’ cleachdadh chruthan cearta is ùghdarrasach de dh’ainmean-àite Gàidhlig air soidhnichean agus sgrìobhainnean uile. Tha sinn a’ leantainn air adhart a’ brosnachadh nam buannachdan eaconamach a tha an lùib a bhith a’ buileachadh poileasaidh dà-chànanach Chomhairle na Gàidhealtachd, a tha a’ gabhail a-steach a bhith a’ cleachdadh shoidhnichean dà-chànanach.
Gnìomhan riatanach	Obraich còmhla ri AÀA gus buannachdan eaconamach ainmean-àite is shoidhnichean Gàidhlig a bhrosnachadh.
Ceann-latha targaid	Gach bliadhna tro PG Chomhairle na Gàidhealtachd 2024–29
Dleastanas	Sgioba na Gàidhlig

8	
Cleachdadh làithreach	Tha sinn air taic ionmhasail is oifigeir a thoirt do Chultarlann Inbhir Nis agus tha sinn a' leantainn air adhart ag obair còmhla ri buidhnean coimhearsnachd Gàidhlig.
Gnìomhan riatanach	Lean air adhart a' brosnachadh is a' toirt gu buil buannachdan eaconamach is cultarach cho-ionadan coimhearsnachd is chultarlannan, mar a tha air an stèidheachadh le buidhnean coimhearsnachd.
Ceann-latha targaide	Gach bliadhna tro PG Chomhairle na Gàidhealtachd 2024–29
Dleastanas	Sgioba na Gàidhlig

Cuspair 4: Foghlam – prìomhachasan ro-innleachdail

Prìomhachas ro-innleachdail 4.1

Lìbhrig brosnachadh is fàs leantainneach ann am FtG agus FLI aig gach ìre, a' gabhail a-steach lìbhrigeadh na Gàidhlig mar nuadh-chànan, le 70%* de bhun-sgoiltean a' solarachadh Gàidhlig mar C2 agus C3 gus solar na Gàidhlig a mheudachadh thar an ùghdarras.

*Tha an àireamh sa cheud seo a' buntainn ri bun-sgoiltean Foghlam tron Bheurla (a' gabhail a-steach Foghlam tron Bheurla taobh a-staigh sgoil FtG) a tha a' tabhann Gàidhlig mar C2 no mar chànan C3 a bharrachd.

Buil rùnaichte

Bidh Comhairle na Gàidhealtachd a' leudachadh agus a' toirt taic do lìbhrigeadh na Gàidhlig mar nuadh-chànan, an lùib na h-iomairte 1+2. Thèid modail-taice sònraichte a thaobh ionnsachadh proifeiseanta agus taic airson teagasg a lìbhrigeadh do sgoiltean ainmichte airson solar Gàidhlig mar C2 agus C3 a leudachadh.

Cruthaichidh a' Chomhairle feallsanachd airson Foghlam tron Ghàidhlig (FtG) agus Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (FLI) a lìbhrigeadh. Leasaichidh a' Chomhairle lèirsinneachd ro-innleachdail airson stiùireadh a thoirt seachad a thaobh na thathar a' tabhann sa churraicealam Ghàidhlig air feadh na Gàidhealtachd, a' dèanamh feum cho math 's a ghabhas de na cothroman didseatach is teicneòlach a tha rim faotainn.

1	FtG
Cleachdadh làithreach	'S e iomairt ùr a tha seo.
Gnìomhan riatanach	Le luchd-ùidhe, cruthaich feallsanachd àrd-sgoile FtG gus na thathar a' tabhann aig ìrean Foghlam Farsaing Coitcheann (FFC) is aig an Ìre as Àirde ann an àrd-sgoiltean Chomhairle na Gàidhealtachd a shealltainn.
Ceann-latha targaid	2026
Dleastanas	Seirbheis Foghlaim agus Ionnsachaidh

2	FtG
Cleachdadh làithreach	Bidh Comhairle na Gàidhealtachd a' tabhann taic dhidseatach agus cothroman ionnsachaidh beò air an lìbhrigeadh le tidsear Gàidhlig do dh'àrd-sgoiltean a tha air FLI iarraidh airson ÀS1–ÀS3.
Gnìomhan riatanach	Lean air adhart a' leasachadh tairgse dhidseatach air feadh na Gàidhealtachd gus taic a chumail ri feallsanachd àrd-sgoile FtG, le bhith ag àrdachadh àireamh nan sgoilearan a bhios a' faighinn cothrom air foghlam Gàidhlig tro ionnsachadh didseatach.
Ceann-latha targaid	Gach bliadhna tro PG Chomhairle na Gàidhealtachd 2024–29
Dleastanas	Seirbheis Foghlaim agus Ionnsachaidh

3	FLI
Cleachdadh làithreach	Tha cothrom a-nis aig luchd-teagaisg na Comhairle air fad air goireas didseatach le taic trèanaidh na lùib. Thug an trèanadh seo sgoiltean neo-eisimeileach gu buil, far a bheil luchd-teagaisg a' planadh is a' lìbhrigeadh Gàidhlig C2 is C3. Tha am modail nas seasmhaiche na feallsanachd 'cuir aithne air a' chànan'.
Gnìomhan riatanach	Meudaich an àireamh sgoiltean a tha a' lìbhrigeadh C2 is C3 le bhith ag àrdachadh na h-àireimh de luchd-teagaisg Gàidhlig a th' air an trèanadh airson Gàidhlig 1+2 a lìbhrigeadh, tro bhith a' cur air adhart an trèanadh air-loidhne a tha ri fhaotainn.
Ceann-latha targaide	2025–29
Dleastanas	Seirbheis Foghlaim agus Ionnsachaidh

4	FLI
Cleachdadh làithreach	Chaidh modail-trèanaidh seasmhach a chruthachadh airson Gàidhlig C2 agus C3 fhad 's a bhathar a' lìbhrigeadh PG 2018–23. Rè ùine an deasachaidh mu dheireadh de PG Chomhairle na Gàidhealtachd, chaidh trèanadh Gàidhlig 1+2 a lìbhrigeadh do 151 neach-teagaisg.
Gnìomhan riatanach	Dèan mapadh air sgoiltean is suidhich targaidean dhaibh airson taic a thaobh Gàidhlig C2 is C3.
Ceann-latha targaide	2024

Dleastanas	Seirbheis Foghlaim agus Ionnsachaidh
------------	--------------------------------------

5	FLI
Cleachdadh làithreach	Bidh sinn ag obair còmhla ri Lìonra nan Ùghdarrasan Ionadail airson Foghlam Gàidhlig Luchd-ionnsachaidh ann an Alba (GLEANS), gus taic a thoirt seachad is meudachadh air na thathar a' lìbhrigeadh an-dràsta de Ghàidhlig mar C2 no C3, a thuilleadh air a bhith a' toirt cothrom gun tèid seo a chleachdadh mar aonad ionnsachaidh eadar-chuspaireil a sheas leis fhèin.
Gnìomhan riatanach	Meudaich an cothrom air Gàidhlig C2 is C3 gu 70% tro thaic dhidseatach (Targaid PNG).
Ceann-latha targaide	2025–26
Dleastanas	Seirbheis Foghlaim agus Ionnsachaidh

6	FtG agus FLI
Cleachdadh làithreach	Bidh Sgioba na Gàidhlig a' comharrachadh gnìomhan leasachadh coimhearsnachd a bheir taic do sgoiltean. Tha Comhairle na Gàidhealtachd cuideachd a' leantainn air adhart a' brosnachadh na Gàidhlig do theaghlaichean uile, an dà chuid ann an clàraidhean tràth-ionnsachaidh is cùraim-chloinne agus bun-sgoile, le fiosrachadh ga thoirt seachad air làrach-lìn na Comhairle agus air na meadhanan sòisealta, a'

	gabhail a-steach nam buannachdan a tha an lùib foghlam Gàidhlig agus dà-chànanas.
Gnìomhan riatanach	Far a bheil foghlam Gàidhlig is Beurla rim faotainn còmhla anns an aon sgoil, co-obrach is cùm taic ris na cothroman a bhios aig na sgoilearan san roinn Bheurla gus ionnsachadh mu chànan is chultar na Gàidhlig mar phàirt de dhearbhaithne na h-Alba (Stiùireadh Reachdail).
Ceann-latha targaide	Gach bliadhna tro PG Chomhairle na Gàidhealtachd 2024–29
Dleastanas	Seirbheis Foghlaim agus Ionnsachaidh

7	FtG agus FLI
Cleachdadh làithreach	Bidh sinn ag obair ann an co-bhann le SMO a thaobh a' Mheòrachain Thuigse a th' ann an-dràsta, a' gabhail a-steach a bhith a' brosnachadh nan cothroman trèanaidh, a' toirt taic a thaobh ghreisean-gnìomhachais oileanach, a' toirt taic a thaobh mhodhan-obrach ann an taghaidhean agallaimh agus co-obrachadh air pròiseactan a bhios a' toirt taic do rannsachadh is leasachadh proifeiseanta.
Gnìomhan riatanach	Gach bliadhna, broснаich agus cùm taic ri Ionnsachadh Proifeiseanta Fad Dreuchd airson a h-uile neach a tha a' solarachadh foghlam Gàidhlig, me, Teisteanas Teagaisg a Bharrachd sa Ghàidhlig airson luchd-teagaisg àrd-sgoile, gus leudachadh air Gàidhlig a bhith na nuadh-chànan ann an àrd-sgoiltean.

Ceann-latha targaide	Gach bliadhna tro PG Chomhairle na Gàidhealtachd 2024–29
Dleastanas	Seirbheis Foghlaim agus Ionnsachaidh

8	FtG
Cleachdadh làithreach	Tha Comhairle na Gàidhealtachd air thoiseach nuair a thig e gu bhith a’ solarachadh FtG agus FLI ann an Alba. Tha an t-iarrrtas airson foghlam Gàidhlig a’ leantainn, le àireamhan sgoilearan a’ fàs, gu h-àraid ann an roinn na bun-sgoile. Tha Sgioba Gàidhlig na Comhairle ag obair gu dlùth le sgoiltean agus com-pàirtichean gus taic a thoirt do sholarachadh thràth-bhliadhnaichean, bun-sgoile is àrd-sgoile.
Gnìomhan riatanach	Le prìomh luchd-ùidhe, dèan sgrùdadh air amannan sònraichte eadar-ghluasaid ann an sgìre na Gàidhealtachd, airson sùil a chumail air na dùbhlain a th’ aig daoine òga nuair a tha iad a’ taghadh slighe FtG, airson àireamh nan sgoilearan san Ìre as Àirde a chur am meud.
Ceann-latha targaide	2025–27
Dleastanas	Seirbheis Foghlaim agus Ionnsachaidh

9	FtG
Cleachdadh làithreach	Tha FtG air a thoirt an lùib planadh leasachadh càileachd Chomhairle na Gàidhealtachd. Thathar ag amas air targaidean phrìomhachasan leasachaidh Gàidhlig gach bliadhna tro theamplaidean luachaidh sgoiltean.

Gnìomhan riatanach	Gach bliadhna, leasaich na tha san amharc airson curraicealam FtG 3–18 air feadh na Gàidhealtachd, gu h-àraid a thaobh piseach a thoirt air na cothroman FtG a th' ann aig an Ìre as Àirde san àrd-sgoil.
Ceann-latha targaide	Gach bliadhna tro PG Chomhairle na Gàidhealtachd 2024–29
Dleastanas	Seirbheis Foghlaim agus Ionnsachaidh

10	FtG agus FLI
Cleachdadh làithreach	Thathar a' toirt cunntas air buileachadh agus coileanadh ann am FtG agus FLI do bhuill thaghte gach bliadhna.
Gnìomhan riatanach	Thoir brosnachadh agus taic do sgoiltean gus slighean a lìbhrigeadh airson Gàidhlig ionnsachadh a tha a' freagairt gu sònraichte air co-theacsa na sgoile. Brosnaich sgoiltean luachadh a dhèanamh air barantachadh agus eòlasan nas fharsainghe, agus an lìbhrigeadh, far an urrainnear.
Ceann-latha targaide	Gach bliadhna tro PG Chomhairle na Gàidhealtachd 2024–29
Dleastanas	Seirbheis Foghlaim agus Ionnsachaidh

11	FtG
Cleachdadh làithreach	Tha builean Gàidhlig air an gabhail a-steach ann an teamplaidean Plana Leasachaidh Sgoile airson dèanamh cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig air a gabhail a-steach mar phrìomhachas mar phàirt de luachadh sgoile airson aithris bhliadhnail air inbhean agus càileachd.

Gnìomhan riatanach	Cuir air dòigh agus lìbhrig feallsanachd barantachaidh airson litearrachd na Gàidhlig, airson gach sgoilear ann am FtG ro dheireadh ÀS3 gun a bhith nas anmoiche na 2027.
Ceann-latha targaide	Dùbhlachd 2026
Dleastanas	Seirbheis Foghlaim agus Ionnsachaidh

12	FtG
Cleachdadh làithreach	Bidh Sgioba Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd a' toirt cunntas ràitheil air prìomh chomharran-coileanadh foghlam Gàidhlig, mar phàirt de ghnòthach leantainneach aig Comataidh Gàidhlig na Comhairle. Bidh Sgioba na Gàidhlig cuideachd a' toirt cunntas bliadhnail air àireamh nan sgoilearan a th' ann am foghlam Gàidhlig, air cothroman curraicealaim agus air fiosrachadh mu bhuileachadh, aig Comataidh Foghlaim na Comhairle. Bidh sinn a' brosnachadh na Gàidhlig do theaghlachan uile, an dà chuid ann an clàraidhean tràth-ionnsachaidh is cùraim-chloinne agus bun-sgoile, le fiosrachadh ga thoirt seachad air làrach-lìn na Comhairle agus air na meadhanan sòisealta, a' gabhail a-steach nam buannachdan a tha an lùib foghlam Gàidhlig agus dà-chànanas.
Gnìomhan riatanach	Cùm taic ri, agus cuir am meud àireamhan sgoilearan FtG sna tràth-bhliadhnaichean, sa bhun-sgoil is san àrd-sgoil, tro bhith an-còmhnaidh a' cumail sùil air àireamhan sgoilearan.

Ceann-latha targaide	Gach bliadhna tro PG Chomhairle na Gàidhealtachd 2024–29
Dleastanas	Seirbheis Foghlaim agus Ionnsachaidh

13	FtG
Cleachdadh làithreach	Tha Tràth-ionnsachaidh is Cùram-chloinne FtG air a sholarachadh ann am 20 sgoil-àraich, an dà chuid le Comhairle na Gàidhealtachd agus ionadan chom-pàirtichean. Bidh sinn cuideachd a’ toirt seachad taic thràth-bhliadhnaichean tro Oifigear Taice Thràth-bhliadhnaichean le Gàidhlig.
Gnìomhan riatanach	Gabh os làimh co-chomhairleachadh coimhearsnachd air na seòrsachan chothroman a tha rim faotainn a thaobh FtG ann an tràth-ionnsachadh is cùram-chloinne, airson taic a chumail aig amannan eadar-ghluasaid nuair a tha fastadh luchd-obrach ag adhbharachadh dhuilgheadasan leantainneach agus a’ cur bacadh air a bhith a’ toirt seachad 1140 uairean de chùram-chloinne.
Ceann-latha targaide	2026–29
Dleastanas	Seirbheis Foghlaim agus Ionnsachaidh

Prìomhachas ro-innleachdail 4.2

Leudaich libhrigeadh Foghlam tron Ghàidhlig le barrachd chuspairean àrd-sgoile air an toirt seachad, sgoiltean ùra a sheasas leotha fhèin air an cruthachadh, agus solar ùr airson nan tràth-bhliadhnaichean, bun-sgoil is àrd-sgoil.

Buil rùnaichte

Nì Comhairle na Gàidhealtachd sgrùdadh iomchaidheachd air foghlam Gàidhlig 3–18 airson Inbhir Nis, airson dèanamh cinnteach gu bheil lèirsinn ro-innleachdail ann airson leasachaidhean san àm ri teachd agus so-sheasmhachd foghlam Gàidhlig thar na Gàidhealtachd.

Nì a’ Chomhairle sgrùdadh is ath-bhreithneachadh air mar a tha inbhe Ghàidhlig nan sgoiltean air an ainmeachadh. Nì sinn ath-bhreithneachadh air modailean libhrigidh FtG thar na Gàidhealtachd agus nì sinn rannsachadh air modailean libhrigidh is structaran ùra a dh’fhaodadh a bhith air an cleachdadh, nam measg àrdachadh ann an solar 3–18.

1	FtG
Cleachdadh làithreach	Tha sinn a’ leantainn air adhart a’ planadh leasachaidhean FtG thar sgìre na Gàidhealtachd, a’ gabhail a-steach sgrùdaidhean meud-comais/modhan co-chomhairleachaidh a thaobh sgìrean-sgoile. Tha solar FtG ann an 2024 a’ gabhail a-steach: <ul style="list-style-type: none">• 19 ionadan tràth-ionnsachaidh is cùraim-chloinne agus ionadan chom-pàirtichean;• 20 suidheachadh le FtG bun-sgoile. An lùib an t-solair FtG bun-sgoile seo, tha trì sgoiltean far a bheil FtG a-mhàin,

	<p>dà sgoil Ghàidhlig le solar tro mheadhan na Beurla, agus tha an còrr nan sgoiltean far a bheil solar FtG;</p> <ul style="list-style-type: none"> • tha 20 àrd-sgoil ann an sgìre na Gàidhealtachd a tha an-dràsta a’ solarachadh Ghàidhlig do dh’fhileantaich agus/no Ghàidhlig do luchd-ionnsachaidh. Tha 13 de na sgoiltean seo a’ tabhann Ghàidhlig mar chuspair àrd-sgoile FtG mar phàirt dhen churraicealam Ghàidhlig aca agus tha 17 a’ tabhann slighean FLI aig ìre FFC agus/no an ìre as Àirde; agus • tha seachd de na solaran àrd-sgoile co-cheangailte againn a’ toirt seachad cuspairean a bharrachd tron Ghàidhlig aig ìre FFC agus/no an ìre as Àirde. Tha seo a’ gabhail a-steach cothrom air Ghàidhlig Luchd-ionnsachaidh aig ìre FFC tro shlighean didseatach.
Gnìomhan riatanach	Cleachd sgrùdadh iomchaidheachd air FtG 3–18 airson Inbhir Nis, airson tuigse fhaighinn air iarrtasan phàrant agus a’ bhuidh a dh’fhaodadh a bhith aig na roghainnean a thigeadh am bàrr.
Ceann-latha targaide	2024
Dleastanas	Seirbheis Coileanaidh agus Riaghlachais

2	FtG
Cleachdadh làithreach	Tha sinn a’ leantainn air adhart a’ planadh leasachadh FtG thar sgìre na Gàidhealtachd, a’ gabhail a-steach

	<p>sgrùdaidhean meud-comais/modhan co-chomhairleachaidh a thaobh sgìrean-sgoile.</p> <p>Ann an com-pàirteachas le Riaghaltas na h-Alba, tha sinn air trì sgoiltean anns a bheil FtG a-mhàin a libhrigeadh. Tha FtG brosnachail dha-rìribh ann a bhith a’ dèanamh cinnteach gu bheil a’ Ghàidhlig a’ cumail oirre a’ soirbheachadh is a’ fàs, an dà chuid ann an sgìrean bailteil agus dùthchail. Tha an solar leantainneach FtG a th’ aig Comhairle na Gàidhealtachd a’ dearbhadh an dealais is an aithne gu bheil FtG aig àirde a shoirbheachais nuair a tha làn-bhogadh ann do sgoilearan, agus nuair a ghabhas gach ceum de dh’fhoghlam sgoile a bhith air a libhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig.</p>
Gnìomhan riatanach	Comharraich làrach a dh’fhaodadh a bhith freagarrach airson campas 3–18 ann an Inbhir Nis, a’ gabhail a-steach sgrùdadh air a’ bhuidh a bhiodh aige air sgìre-sgoile, co-chomhairleachadh, planadh agus còmhhdail.
Ceann-latha targaide	2025
Dleastanas	Seirbheis Foghlaim agus Ionnsachaidh

3	FtG agus FLI
Cleachdadh làithreach	Tha sinn a’ leantainn air adhart a’ solarachadh is a’ cur air adhart ùrlar co-roinn ghoireasan na Comhairle agus seirbheis barantachd càileachd airson stuthan foghlaim.

Gnìomhan riatanach	Leasaich tairgse didseatach ro-innleachdail is freagairteil airson curraicealam air-loidhne a lìbhrigeadh, gus FtG agus FLI a neartachadh is a leudachadh ann an sgoiltean aig ìre bun-sgoile is àrd-sgoile airson taic a chur ris na gealltanasan a rinneadh ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig.
Ceann-latha targaide	Gach bliadhna tro PG Chomhairle na Gàidhealtachd 2024–29
Dleastanas	Seirbheis Foghlaim agus Ionnsachaidh

4	FtG
Cleachdadh làithreach	'S e iomairt ùr a tha seo.
Gnìomhan riatanach	Obraichidh sinn gus iall cho-phàirteach FtG a leasachadh airson Litearrachd na Gàidhealtachd. Thoir seachad comhairle mu fhoghlam Gàidhlig tro oifigear stiùiridh Gàidhlig airson dèanamh cinnteach gun tèid dòighean-obrach eòlas-teagaisg làn-bhogaidh a chur an sàs.
Ceann-latha targaide	2025–29
Dleastanas	Seirbheis Foghlaim agus Ionnsachaidh

5	FtG
Cleachdadh làithreach	Tha sinn a' leantainn air adhart a' planadh leasachaidhean FtG thar sgìre na Gàidhealtachd, a' gabhail a-steach sgrùdaidhean meud-comais/modhan co-chomhairleachaidh a thaobh sgìrean-sgoile.

	<p>'S e Comhairle na Gàidhealtachd an solaraidhe as motha a thaobh FtG ann an Alba. Ann an Seirbheis an Fhoghlaim agus an Ionnsachaidh, tha 29 àrd-sgoiltean agus 166 bun-sgoiltean agus 3 sgoiltean speisealta. Mar sin, tha 198 sgoil fosgailte, a' còmhdach sgìre chruinn-eòlasach a tha cha mhòr uimhir ris A' Bheilg.</p> <p>Ann an 2023, chuir Comhairle na Gàidhealtachd crìoch air co-chomhairleachaidhean reachdail airson sgìrean-sgoile FtG a chruthachadh do 15 a-mach às na 20 bun-sgoiltean ann an sgìre na Gàidhealtachd a tha a' tabhann FtG.</p>
Gnìomhan riatanach	Dèan ath-sgrùdadh air mar a tha inbhe nan sgoiltean air an ainmeachadh, a' gabhail beachd agus a' toirt taic do bhogadh, le fòcas air a bhith a' meudachadh nan goireasan a tha rim faotainn.
Ceann-latha targaide	2026–27
Dleastanas	Seirbheis Foghlaim agus Ionnsachaidh

6	FtG agus FLI
Cleachdadh làithreach	'S e iomairt ùr a tha seo.
Gnìomhan riatanach	Stèidhich buidhnean luchd-ùidhe 3–18 airson ath-sgrùdadh a dhèanamh air com-pàirteachasan co-obrachail far an toir dòighean-obrach 3–18 thar buidhnean sgoiltean piseach air builean airson sgoilearan Gàidhlig agus far an dèanar am feum as fheàrr de na goireasan a tha rim faotainn.

Ceann-latha targaide	2025–27
Dleastanas	Seirbheis Foghlaim agus Ionnsachaidh

7	FtG agus FLI
Cleachdadh làithreach	Tha sinn a’ leantainn air adhart a’ co-òrdanachadh agus a’ libhrigeadh seiseanan-taice bliadhnail airson sgiobaidhean ceannardais sgoiltean, gu h-ionadail agus tro lìonraidhean nàiseanta, air prionnsabalan ‘Comhairle mu Fhoghlam Gàidhlig’.
Gnìomhan riatanach	Taobh a-staigh shruthan obrach buidhnean luchd-ùidhe 3–18, dèan ath-sgrùdadh is cùm sùil air ceannardas is modailean ceannardais ceumnaichte le cothroman Ionnsachadh Proifeiseanta Fad Dreuchd.
Ceann-latha targaide	2025–27
Dleastanas	Seirbheis Foghlaim agus Ionnsachaidh Sgioba na Gàidhlig

8	FtG
Cleachdadh làithreach	Tha sinn air ath-sgrùdadh is ùrachadh a dhèanamh air teamplaidean planadh leasachaidh, airson iomraidhean air prìomhachasan nàiseanta airson foghlam Gàidhlig a ghabhail a-steach.

	Bidh sinn a’ toirt chunntasan do Chomataidh an Fhoghlaim agus do Chomataidh na Gàidhlig air prìomhachasan airson foghlam Gàidhlig agus sgrùdadh coileanaidh.
Gnìomhan riatanach	Cleachd builean sgrùdadh iomchaidheachd 3–18 a thaobh Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus leasachadh nan amasan ro-innleachdail airson foghlam taobh a-staigh PG 2024–29.
Ceann-latha targaide	Thèid builean a leasachadh gun a bhith nas anmoiche na Lùnastal 2025 agus an uair sin thèid an libhrigeadh tro bheatha PG Chomhairle na Gàidhealtachd 2024–29
Dleastanas	Seirbheis Foghlaim agus Ionnsachaidh

9	FtG agus FLI
Cleachdadh làithreach	Bidh sinn a’ gabhail a-steach targaidean foghlaim Gàidhlig ann am Planadh nan Seirbheisean Corporra agus Foghlaim.
Gnìomhan riatanach	Leasaich modail com-pàirteachaidh. Dèan ceangal le luchd-ùidhe bhon taobh a-staigh is bhon taobh a-muigh – a’ gabhail a-steach: a bhith ag èisteachd ris na th’ aig sgoilearan ri ràdh; riochdairean bhuidhnean phàrant; solaraichean foghlaim (ùghdarrasan ionadail; solaraichean prìobhaideach, saor-thoileach no neo-eisimeileach; Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig, e-Sgoil); agus buidhnean riaghaltais is Gàidhlig airson stiùireadh a thoirt dhan dòigh-obrach a leudaicheas FtG agus FLI.
Ceann-latha targaide	Gach bliadhna tro PG Chomhairle na Gàidhealtachd 2024–29
Dleastanas	Sgioba na Gàidhlig

Amasan na Seirbheise Corporra

Tha amasan na Seirbheise Corporra air an cleachdadh le rùn a bhith a’ dèanamh prìomh sheirbheisean Gàidhlig coitcheann thar ùine thar Comhairle na Gàidhealtachd. Tha gach amas Seirbheise Corporra a’ gabhail a-steach buil rùnaichte a tha Bòrd na Gàidhlig ag iarraidh air gach ùghdarras poblach a choileanadh thairis air ùine.

B’ e Comhairle na Gàidhealtachd a’ chiad ùghdarras poblach aig an robh Plana Gàidhlig air aontachadh le Bòrd na Gàidhlig (ann an 2008). Ri linn seo, tha gealltanasan air a bhith stèidhichte aig a’ Chomhairle dhan chànan fad ùine mhòr thairis air a seirbheisean gu lèir, agus thathar mar-thà a’ coileanadh mòran de na builean rùnaichte seo. A bharrachd, tha a’ Chomhairle air stiùiridhean a leasachadh mu chleachdadh na Gàidhlig anns na seirbheisean a bhios i a’ toirt seachad. Faodar ‘Stiùiridhean mu chleachdadh na Gàidhlig ann an seirbheisean Chomhairle na Gàidhealtachd’ a leughadh is a luchdachadh a-nuas an seo: (https://www.highland.gov.uk/downloads/file/11857/guidelines_on_the_use_of_gaelic_in_the_services_we_offer).

Thèid stiùiridhean ùra mu chleachdadh na Gàidhlig anns na seirbheisean a tha sinn a’ tabhann fhoillseachadh ann an 2024, a’ dol an àite deasachadh 2009 a tha an-dràsta ri fhaotainn air làrach-lìn na Comhairle. Bidh na gealltanasan sa phoileasaidh ùraichte a’ co-thaobhadh ri gealltanasan a’ Phlana Ghàidhlig againn.

Inbhe

Buil rùnaichte	Suaicheantas agus branndachadh Daingnich a bhith a’ cleachdadh suaicheantas agus branndachadh corporra na Comhairle ann an Gàidhlig agus Beurla aig a’ chiad chothrom agus mar phàirt de phròiseas ùrachaidh sam bith. Bu chòir dhan t-suaicheantas a bhith a’ taisbeanadh follaiseachd cho-ionann airson an dà chànan.
Cleachdadh làithreach	<ul style="list-style-type: none">• Tha dearbh-aithne chorporra dà-chànanach aig a’ Chomhairle mar-thà, agus thèid seo a chumail suas tro bheatha a’ Phlana.• Tha Beurla agus Gàidhlig ann an suaicheantas na Comhairle agus tha an aon fhollaiseachd aig an dà chànan.
Gnìomhan riatanach	Lean air adhart a’ dèanamh cinnteach gu bheil a’ cleachdadh suaicheantas agus branndachadh dà-chànanach.
Ceann-latha targaide	Gach bliadhna tro PG Chomhairle na Gàidhealtachd 2024–29

Dleastanas	Sgioba na Gàidhlig Sgioba a' Chonaltraidh Chorporra
------------	--

Buil rùnaichte	<p>Soidhnichean</p> <p>Bidh Gàidhlig agus Beurla air soidhnichean mar phàirt de phròiseas ùrachaidh sam bith.</p>
Cleachdadh làithreach	<p>Tha sinn a' leantainn air adhart a' buileachadh nan stiùiridhean ùraichte airson soidhnichean dà-chànanach na Comhairle. Bidh soidhnichean air togalaichean agus cuid-seilbhe uile leis a' Chomhairle (oifisean, sgoiltean, ionadan-spòrs, leabharlannan neo-ghluasadach is gluasadach, taighean-tasgaidh, tasglannan, ionadan-coimhearsnachd, dachaighean-cùraim, taighean-beaga poblach, pàircean-cluiche is cur-seachad, msaa) a' taisbeanadh ainm an togalaich, agus na seirbheisean a tha air an solarachadh taobh a-staigh an togalaich, gu dà-chànanach. Tha seo a' gabhail a-steach togalaichean is cuid-seilbhe a tha air an stiùireadh le High Life na Gàidhealtachd.</p> <p>Ann an sgoiltean anns a bheil Gàidhlig a-mhàin, thathar a' cleachdadh shoidhnichean Gàidhlig aon-chànanach airson feallsanachd bogaidh FtG a neartachadh.</p> <p>Air soidhnichean a-muigh, bidh a' Ghàidhlig os cionn na Beurla agus air soidhnichean a-staigh bidh a' Bheurla os cionn na Gàidhlig. Nuair a bhios soidhnichean ùra a' dol suas no nuair a dh'fheumas seann soidhnichean a bhith air an ùrachadh, thèid soidhnichean dà-chànanach a chleachdadh.</p> <p>Bidh soidhnichean fàilteachaidh gu bailtean, cathair-bhailtean is bailtean beaga, agus soidhnichean rathaid na Comhairle, dà-chànanach. Bidh soidhnichean a' gabhail a-steach suaicheantasan eachdraidheil baile no cathair-bhaile far a bheil sin iomchaidh. Bidh a' Ghàidhlig ann an uaine agus bidh a' Bheurla ann an dubh air na soidhnichean sin.</p> <p>Thèid ainmean Gàidhlig a bhrosnachadh air sràidean is leasachaidhean ùra, a' cleachdadh cheanglaichean eachdraidheil is cultarach nuair a tha am fiosrachadh sin ri fhaotainn. Thèid co-</p>

	<p>chomhairleachadh a chumail le comhairlean coimhearsnachd ionadail agus buill uàird.</p> <p>Seach gur ann bho thùs Gàidhlig a tha a’ mhòr-chuid de dh’ainmean-àite na Gàidhealtachd, is iad gu tric ann an cruth Beurla, tha an cleachdadh dà-chànanach a’ cuideachadh gus an ciall a dhèanamh soilleir agus dualchas Gàidhlig na sgìre a dhaingneachadh.</p> <p>Tha obair leantainneach air soidhnichean rathaid, sràide is togalaich mean air mhean ag àrdachadh follaiseachd a’ chànain ann am bailtean is coimhearsnachdan thar sgìre na Gàidhealtachd.</p> <p>Thathar a’ cur phannalan fiosrachaidh dà-chànanach suas ann an àiteachan a tha cudromach a thaobh eachdraidh, cultar no cruinn-eòlas air feadh na Gàidhealtachd agus tha iad a’ cuideachadh gus dualchas cultarach na sgìre a chomharrachadh agus inbhe a’ chànain a thogail. Tha a’ Ghàidhlig os cionn na Beurla air taisbeanaidhean a tha a-muigh agus thathar a’ cumail ri follaiseachd cho-ionann.</p> <p>(Gheibhear fiosrachadh nas mionaidiche air làrach-lìn na Comhairle aig: www.highland.gov.uk/downloads/file/11857/guidelines_on_the_use_of_gaelic_in_highland_council_services)</p>
Gnìomhan riatanach	Lean air adhart a’ dèanamh cinnteach gu bheilear a’ cleachdadh shoidhnichean dà-chànanach agus gu bheil am poileasaidh ùraichte air a chur air adhart thairis air seirbheisean na Comhairle air fad.
Ceann-latha targaide	Gach bliadhna tro PG Chomhairle na Gàidhealtachd 2024–29
Dleastanas	Sgioba na Gàidhlig Sgioba a’ Chonaltraidh Chorpóra Seirbheis Bun-structair agus Àrainneachd Seirbheisean na Comhairle air fad le dleastanas airson a bhith a’ ceannach no ag òrdanachadh shoidhnichean

A' conaltradh leis a' phoball

Buil rùnaichte	<p>Adhartachadh</p> <p>Tha teachdaireachdan misneachail, gu bheil an-còmhnaidh a' cur fàilte air conaltradh sa Ghàidhlig bhon phoball, air an ath-aithris gu cunbhalach.</p>
Cleachdadh làithreach	<p>Bidh fàilte Ghàidhlig aig a' Chomhairle aig tachartasan agus coinneamhan cudromach.</p> <p>Tha e mar riatanas air oifigearan na Comhairle a bhios a' toirt seachad taisbeanaidhean tro PowerPoint agus prògraman Teicneòlas Fiosrachaidh is Conaltraidh (TFC) eile a' Ghàidhlig a thoirt nan lùib. Thathar an dùil gum bi taisbeanaidhean a tha a' buntainn gu dìreach ris a' Ghàidhlig gu tur dà-chànanach.</p>
Gnìomhan riatanach	<p>Foillsich puist air duilleagan meadhanan sòisealta na Comhairle, ag innse dhan phoball gu bheil fàilte air conaltradh sa Ghàidhlig.</p> <p>Cuir air dòigh trèanadh airson Sgioba na Gàidhlig airson 's gun urrainn dhaibh a' bhuil seo a choileanadh.</p> <p>Cuir earrann ri trèanadh Gàidhlig san Àite-obrach airson luchd-obrach na Comhairle, airson dèanamh cinnteach gu bheil fios aca gu bheil fàilte air conaltradh sa Ghàidhlig bhon phoball.</p>
Ceann-latha targaide	<p>Thèid trèanadh a thoirt do Sgioba na Gàidhlig, gun a bhith nas anmoiche na Lùnastal 2025.</p> <p>Thèid earrann mu chonaltradh Gàidhlig a chur ri trèanadh Gàidhlig san Àite-obrach gun a bhith nas anmoiche na Ògmhios 2026.</p> <p>Thèid sanasan brosnachaidh fhoillseachadh air na meadhanan sòisealta gach bliadhna tro bheatha PG Chomhairle na Gàidhealtachd 2024–29.</p>
Dleastanas	<p>Sgioba na Gàidhlig</p> <p>Sgioba a' Chonaltraidh Chorporra</p> <p>Sgiobaidhean seirbheise</p>

Buil rùnaichte	<p>Conaltradh sgrìobhte</p> <p>Thathar an-còmhnaidh a’ gabhail ri conaltradh sgrìobhte (post, post-d agus na meadhanan sòisealta) agus thèid freagairtean a thoirt seachad sa Ghàidhlig a rèir a’ phoileasaidh choitchin.</p>
Cleachdadh làithreach	<p>Tha co-sgrìobhachas a tha a’ tighinn a-steach chun na Comhairle, anns a’ Ghàidhlig, tron phost no tro phost-d, air a fhreagairt anns a’ Ghàidhlig. Ma tha an co-sgrìobhachas a’ buntainn ri gnothach taobh a-muigh raon-ùghdarrais Sgioba na Gàidhlig, tha an co-sgrìobhachas air eadar-theangachadh dhan Bheurla airson freagairtean a chomasachadh agus fiosrachadh a chruinneachadh bhon luchd-obrach iomchaidh. Tha freagairtean an uair sin air an sgrìobhadh sa Bheurla agus air an eadar-theangachadh dhan Ghàidhlig.</p> <p>Thathar a’ brosnachadh luchd-obrach na Comhairle teachdaireachdan ‘tha mi air falbh on oifis’ dà-chànanach a bhith aca, cho math ri fiosrachadh dà-chànanach aig bonn nam post-d aca.</p>
Gnìomhan riatanach	<p>Lean air adhart a’ daingneachadh ‘Stiùiridhean mu chleachdadh na Gàidhlig ann an seirbheisean Chomhairle na Gàidhealtachd’ agus lean air adhart a’ togail aire mu Sheirbheis Eadar-theangachaidh na Gàidhlig.</p> <p>Cumaidh a’ Chomhairle ris an aon raon-ama nuair a thathar a’ freagairt cheistean sa Ghàidhlig agus sa Bheurla.</p>
Ceann-latha targaide	Gach bliadhna tro PG Chomhairle na Gàidhealtachd 2024–29
Dleastanas	<p>Sgioba na Gàidhlig</p> <p>Sgioba a’ Chonaltraidh Chorporra</p> <p>Seirbheisean uile</p>

Buil rùnaichte	<p>Ionad-fàilte agus fòn</p> <p>Far an urrainn do luchd-obrach le Gàidhlig an t-seirbheis seo a thoirt seachad, gheibh iad taic airson seo a dhèanamh, agus tha an t-seirbheis air a cur air adhart am measg a’ phobaill. Mura h-eil luchd-obrach ann airson seo a lìbhrigeadh, thèid comas a thogail tro thrèanadh is fhastadh.</p>
----------------	---

Cleachdadh làithreach	Thathar a’ toirt taic do luchd-obrach Ionad-Seirbheise na Comhairle gus fàilte dà-chànanach a thoirt seachad nuair a tha iad a’ freagairt fònaichean agus a’ cur fàilte air a’ phoball. Tha fàilteachaidhean Gàidhlig cuideachd air an gabhail a-steach air an t-siostam fòn fèin-obrachail, a tha air a stiùireadh tron Ionad-Seirbheise.
Gnìomhan riatanach	Comharraich agus dèan am feum as fheàrr de theicneòlasan gus trèanadh a thoirt seachad, ùraich goireasan a th’ ann mar-thà, agus cruthaich pasgan-trèanaidh Gàidhlig do luchd-obrach na Comhairle.
Ceann-latha targaide	Taobh a-staigh a’ chiad bhliadhna dhen Phlana – Foghar 2024.
Dleastanas	Sgioba na Gàidhlig

Buil rùnaichte	Coinneamhan poblach Thathar gu cunbhalach a’ rannsachadh is a’ brosnachadh chothroman gus coinneamhan poblach a chumail gu dà-chànanach no ann an Gàidhlig. Ann an sgìrean cruinn-eòlasach far a bheil àireamhan luchd-labhairt na Gàidhlig nas àirde, thathar an dùil gum bithear ag obrachadh gu ruige a bhith a’ dèanamh seo gu gnàthach.
Cleachdadh làithreach	Aig an àm seo, tha coinneamhan poblach a’ buntainn ris a’ Ghàidhlig air an cumail gu dà-chànanach, agus tha cleachdadh na Gàidhlig air a bhrosnachadh. Tha coinneamhan air-loidhne air an cumail anns a’ Ghàidhlig cuideachd, far an urrainnear. Tha e mar riatanas air oifigearan na Comhairle a tha a’ toirt seachad taisbeanaidhean tro PowerPoint/Teams agus prògraman TFC eile a’ Ghàidhlig a thoirt na lùib. Thathar an dùil gum bi taisbeanaidhean a tha a’ buntainn gu dìreach ris a’ Ghàidhlig gu tur dà-chànanach.
Gnìomhan riatanach	Comharraich far an urrainnear a’ Ghàidhlig a chleachdadh ann an coinneamhan, a rèir gach suidheachadh fa leth, ag amas air cleachdadh na Gàidhlig a mheudachadh.

	Thèid eadar-theangachadh mar-aon a chleachdadh far an urrainnear. Ro choinneamhan a leithid seo, thèid sanasan fhoillseachadh ag innse gu bheil fàilte air a' Ghàidhlig.
Ceann-latha targaide	Gach bliadhna tro PG Chomhairle na Gàidhealtachd 2024–29
Dleastanas	Sgioba na Gàidhlig

Fiosrachadh

Buil rùnaichte	Fiosan-naidheachd Tha fiosan-naidheachd le ìomhaigh àrd agus fiosan-naidheachd uile a' buntainn ris a' Ghàidhlig air an cur a-mach an dà chuid ann an Gàidhlig agus ann am Beurla.
Cleachdadh làithreach	Tha cleachdadh làithreach a' cumail ri poileasaidh na Comhairle: 'Stiùiridhean mu chleachdadh na Gàidhlig ann an seirbheisean Chomhairle na Gàidhealtachd'. Bidh a' Chomhairle gu cunbhalach a' sgaoileadh fiosan naidheachd dà-chànanach mu ghnothaichean a' buntainn ri cànan is cultar na Gàidhlig. Tha na fiosan-naidheachd a' nochdadh sa Ghàidhlig an toiseach air làrach-lìn na Comhairle, le Beurla ga leantainn, fo thiotal Gàidhlig.
Gnìomhan riatanach	Lean air adhart a' dèanamh cinnteach gu bheil a' cumail ris a' phoileasaidh seo. Cuir a-mach fiosan-naidheachd dà-chànanach mu thachartasan sònraichte le ìomhaigh àrd, nach eil a' buntainn gu dìreach ris a' Ghàidhlig.
Ceann-latha targaide	Gach bliadhna tro PG Chomhairle na Gàidhealtachd 2024–29
Dleastanas	Sgioba na Gàidhlig Sgioba a' Chonaltraidh Chorporra

Buil rùnaichte	Na meadhanan sòisealta Tha susbaint Ghàidhlig ga sgaoileadh gu cunbhalach, ag obair gu ruige meadhanan sòisealta a tha gu tur dà-chànanach.
Cleachdadh làithreach	Tha susbaint Ghàidhlig ga sgaoileadh gu cunbhalach air meadhanan sòisealta na Comhairle, le fòcas sònraichte air tachartasan nàiseanta a leithid Seachdain na Gàidhlig. Tha na

	<p>puist Ghàidhlig a’ buntainn sa bhitheantas ri gnothaichean Gàidhlig, ged a tha puist a’ buntainn ri tachartasan cudromach eile, a leithid taghaidhean Comhairle, air an cur suas bho àm gu àm airson cuideachadh gus cleachdadh na Gàidhlig a dhèanamh àbhaisteach anns gach taobh dhen bheatha.</p>
Gnìomhan riatanach	<p>Thèid ro-innleachd a leasachadh airson nam meadhanan sòisealta Gàidhlig. Bidh an ro-innleachd co-cheangailte ris na ‘Stiùiridhean mu chleachdadh na Gàidhlig ann an seirbheisean Chomhairle na Gàidhealtachd’.</p> <p>Dèan cinnteach gu bheil Sgioba na Gàidhlig air an trèanadh ann a bhith a’ cruthachadh susbaint a dh’fhaodas a bhith air a co-roinn air cunntasan meadhanan sòisealta corporra na Comhairle.</p> <p>Thèid cothroman airson Gàidhlig a chleachdadh air meadhanan sòisealta na Comhairle a chomharrachadh gus an urrainnear barrachd susbaint fhoillseachadh. A bharrachd air puist air na meadhanan sòisealta a’ buntainn ri tachartasan is cuspairean Gàidhlig, thèid an àireamh de phuist mu chuspairean is thachartasan nach eil gu dìreach a’ buntainn ris a’ Ghàidhlig a mheudachadh.</p>
Ceann-latha targaide	Taobh a-staigh a’ chiad bhliadhna dhen Phlana
Dleastanas	Sgioba na Gàidhlig

Buil rùnaichte	<p>Làrach-lìn</p> <p>Bu chòir susbaint Ghàidhlig a bhith ri faotainn air làrach-lìn an ùghdarrais phoblaich, le cuideam ga chur air na duilleagan as trice air am bi daoine a’ tadhal, ag obair gu ruige làrach-lìn a tha gu tur dà-chànanach.</p>
Cleachdadh làithreach	<p>Thathar gu cunbhalach a’ cur susbaint Ghàidhlig ri làrach-lìn na Comhairle. Tha mòran dhen t-susbaint a’ buntainn ris a’ Ghàidhlig, ach thathar a’ cur susbaint dà-chànanach ris na raointean dhen làraich-lìn as trice air am bi daoine a’ tadhal.</p>

	Chaidh trèanadh ann an deasachadh-lìn a thoirt o chionn ghoirid do Sgioba na Gàidhlig; bu chòir gun toireadh seo comas susbaint a chur suas nas trice is nas co-fhreagraiche.
Gnìomhan riatanach	Dèan ath-sgrùdadh air làrach-lìn na Comhairle agus comharraich far am faodadh barrachd susbaint Ghàidhlig a bhith air a cur ris. Le aire do ‘Stiùiridhean mu chleachdadh na Gàidhlig ann an seirbheisean Chomhairle na Gàidhealtachd’, thèid na gnìomhan a leanas a ghabhail a-steach: <ul style="list-style-type: none"> • Thèid susbaint Ghàidhlig làraich-lìn na Comhairle a leasachadh gu bhith a’ co-thaobhadh leis na stiùiridhean gun a bhith nas anmoiche na 2025. • Nì sinn cinnteach gum bi comas dà-chànanach ann an siostam stiùireadh susbaint ùr no ùraichte sam bith, le barrachd susbaint Ghàidhlig na lùib.
Ceann-latha targaide	Taobh a-staigh a’ chiad bhliadhna dhen Phlana
Dleastanas	Sgioba na Gàidhlig Sgioba Làraich-lìn TFC agus Eòlas Luchd-cleachdaidh

Buil rùnaichte	Foillseachaidhean corporra Air an dèanamh ann an Gàidhlig agus Beurla, le prìomhachas ga thoirt dhan fheadhainn aig am faodadh an sgaoileadh is a’ bhuaidh as motha a bhith.
Cleachdadh làithreach	Tha sgrìobhainnean is foillseachaidhean poblach air fad a’ buntainn ris a’ Ghàidhlig – m.e. bileagan, postairean, fiosan-naidheachd, stuth eadar-mhìneachail, sgrìobhainnean fiosrachaidh, aithisgean is clàran-gnothaich is geàrr-chunntasan chomataidhean – air an dèanamh gu dà-chànanach. Far nach eil a leithid de sgrìobhainnean a’ buntainn gu dìreach ris a’ Ghàidhlig, bidh Gàidhlig annta. Tha seo mar as trice air a choileanadh tro thiotalan is fo-thiotalan dà-chànanach.
Gnìomhan riatanach	Lean air adhart a’ dèanamh cinnteach gu bheil Gàidhlig anns gach sgrìobhainn a bhios a’ dol a-mach chun a’ phobaill. Thèid barrachd Ghàidhlig a thoirt an lùib raointean nach eil gu dìreach a’ buntainn ris a’ Ghàidhlig. Bidh seo a’ gabhail a-steach solar phrìomh sgrìobhainnean Comhairle agus/no a

	bhith a’ toirt a-steach faclan-tòiseachaidh dà-chànanach, a bharrachd air tiotalan.
Ceann-latha targaide	Gach bliadhna tro PG Chomhairle na Gàidhealtachd 2024–29
Dleastanas	Sgioba na Gàidhlig

Buil rùnaichte	Cànan Tha pròiseas suidhichte airson dèanamh cinnteach gu bheil càileachd is so-ruigsinneachd cànan na Gàidhlig ann am fiosrachadh corporra air fad aig ìre àrd.
Cleachdadh làithreach	Tha am fiosrachadh corporra air fad a th’ anns a’ Ghàidhlig air eadar-theangachadh is air a dhearbhadh-leughadh airson dèanamh cinnteach à barantachd càileachd.
Gnìomhan riatanach	Lean air adhart a’ stiùireadh barantachd càileachd.
Ceann-latha targaide	Gach bliadhna tro PG Chomhairle na Gàidhealtachd 2024–29
Dleastanas	Sgioba na Gàidhlig

Buil rùnaichte	Taisbeanaidhean Bu chòir sgrùdadh a dhèanamh gu cunbhalach air cothroman gus taisbeanaidhean poblach a libhrigeadh gu dà-chànanach no anns a’ Ghàidhlig, le prìomhachas ga thoirt dhan fheadhainn aig am faodadh a’ bhuidhe a bu mhotha a bhith.
Cleachdadh làithreach	Bidh Sgioba na Gàidhlig ag obrachadh is a’ conaltradh le buidhnean aig astar, HLG nam measg, a’ toirt comhairle is taic dhaibh mu bhith a’ cleachdadh na Gàidhlig ann an taisbeanaidhean poblach.
Gnìomhan riatanach	Nì Sgioba na Gàidhlig conaltradh le Sgioba Taic agus Com-pàirteachas na Coimhearsnachd agus seirbheisean Comhairle eile a bhios a’ dèanamh thaisbeanaidhean conaltradh poblach airson dèanamh cinnteach gu bheil a’ libhrigeadh barrachd thaisbeanaidhean sa Ghàidhlig.
Ceann-latha targaide	Gach bliadhna tro PG Chomhairle na Gàidhealtachd 2024–29
Dleastanas	Sgioba na Gàidhlig Sgioba Taic agus Com-pàirteachas na Coimhearsnachd

Luchd-obrach

Buil rùnaichte	In-sgrùdadh Dèan in-sgrùdadh air sgilean agus feumalachdan trèanaidh Gàidhlig tro bheatha a’ Phlana.
Cleachdadh làithreach	Tha a’ Chomhairle an-dràsta a’ cur air dòigh sgrùdadh air sgilean Gàidhlig taobh a-staigh na Comhairle.
Gnìomhan riatanach	Thèid sgrùdadh air sgilean Gàidhlig a dhèanamh taobh a-staigh na Comhairle.
Ceann-latha targaide	Taobh a-staigh a’ chiad bhliadhna dhen Phlana
Dleastanas	Sgioba na Gàidhlig, Seirbheis Coileanaidh agus Riaghlachais

Buil rùnaichte	Inntrigeadh Tha eòlas air Plana Gàidhlig an ùghdarras phoblaich agus cothroman trèanaidh air a dhaingneachadh ann an inntrigidhean luchd-obrach.
Cleachdadh làithreach	Thèid leantainn air adhart le bhith a’ cur air dòigh trèanadh mothachadh mun Ghàidhlig do bhuill a tha air an ùr-thaghadh, mar phàirt dhen inntrigeadh aca.
Gnìomhan riatanach	Thèid fiosrachadh mu Phlana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd agus cothroman trèanaidh, a’ gabhail a-steach chlasaichean, a thoirt an lùib inntrigidhean luchd-obrach uile. Thèid cùrsa ‘A’ Ghàidhlig san Àite-obrach’ a chruthachadh agus a chur air adhart.
Ceann-latha targaide	Dàmhair 2024
Dleastanas	Sgioba na Gàidhlig Sgioba TFC Goireasan Daonna

Buil rùnaichte	Trèanadh cànan Tha trèanadh agus leasachadh ann an sgilean Gàidhlig air an lìbhrigeadh do luchd-obrach, gu h-àraid a thaobh a bhith a’ buileachadh Plana Gàidhlig an ùghdarras phoblaich.
----------------	---

Cleachdadh làithreach	Bidh a' Chomhairle a' cur chlasaichean Gàidhlig air dòigh. Thathar a' brosnachadh bhuill thaghte agus luchd-obrach na Comhairle am frithealadh agus bidh iad a' faighinn lasachadh 50% ann an cosgais nan clasaichean.
Gnìomhan riatanach	Leanaidh Sgioba na Gàidhlig air adhart a' togail aire mu na clasaichean Gàidhlig. Thèid seata de chùrsaichean Gàidhlig a ghabhas luchdachadh a-nuas a chruthachadh. Bidh iad a' gabhail a-steach òraidean bhidio agus slaighdean a thèid a chruthachadh airson taic a thoirt do luchd-obrach gus a' Ghàidhlig ionnsachadh is a chleachdadh.
Ceann-latha targaide	Gach bliadhna tro PG Chomhairle na Gàidhealtachd 2024–29
Dleastanas	Sgioba na Gàidhlig Goireasan Daonna

Buil rùnaichte	A' cleachdadh na Gàidhlig Thathar a' brosnachadh luchd-obrach gu bhith a' cleachdadh na Gàidhlig nan obair.
Cleachdadh làithreach	Bidh a' Chomhairle a' leantainn air adhart a' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig san àite-obrach agus ann an conaltraidhean air an taobh a-staigh, tro dhiofar dhòighean, gu h-àraid ann an sgrìobhainnean corporra, aithisgean comataidh, agus air na meadhanan sòisealta. Leanaidh a' Chomhairle air adhart a' brosnachadh trèanadh mothachadh mun Ghàidhlig do bhuill thaghte agus luchd-obrach, mar phàirt de phrògram trèanadh an luchd-obrach.
Gnìomhan riatanach	Leanaidh Sgioba na Gàidhlig air adhart le bhith a' dèanamh cleachdadh na Gàidhlig àbhaisteach. Thèid cothroman gus a' Ghàidhlig a chleachdadh aghaidh ri aghaidh san àite-obrach a mheudachadh. Thèid clasaichean còmhradh Gàidhlig neo-fhoirmeil a thabhann aig àm-lòin. Thèid na clasaichean Gàidhlig againn sa choimhearsnachd a shansachd gu cunbhalach am measg luchd-obrach na Comhairle cuideachd.

Ceann-latha targaide	Gach bliadhna tro PG Chomhairle na Gàidhealtachd 2024–29
Dleastanas	Sgioba na Gàidhlig Sgiobachd trèanadh luchd-obrach

Buil rùnaichte	<p>Trèanadh mothachadh mun Ghàidhlig</p> <p>Tha trèanadh mothachadh mun Ghàidhlig air a libhrigeadh, le prìomhachas ga thoirt do dh'àrd-luchd-obrach, feadhainn eile a bhios a' dèanamh cho-dhùnaidhean, agus luchd-obrach a tha a' dèiligeadh gu dìreach ris a' phoball.</p>
Cleachdadh làithreach	<p>Thathar a' tabhann trèanadh mothachadh mun Ghàidhlig do bhuill a tha air an taghadh às ùr.</p> <p>Leanaidh a' Chomhairle air adhart a' brosnachadh trèanadh mothachadh mun Ghàidhlig agus clasaichean Gàidhlig do bhuill thaghte agus luchd-obrach, mar phàirt de phrògram trèanaidh an luchd-obrach.</p> <p>Thèid seata de chùrsaichean Gàidhlig, anns am bi òraidean bhidio agus slaighdean a ghabhas luchdachadh a-nuas, a chruthachadh agus a shanasachd airson luchd-obrach a chuideachadh gus a' Ghàidhlig ionnsachadh is a chleachdadh.</p>
Gnìomhan riatanach	<p>Leasaich goireas trèanaidh mothachadh mun Ghàidhlig a ghabhas luchdachadh a-nuas agus dèan ath-sgrùdadh air gach bliadhna.</p> <p>Thèid cothroman airson a' Ghàidhlig a bhruidhinn san àite-obrach a mheudachadh.</p> <p>Tha a' Chomhairle ag amas air leantainn air adhart a' brosnachadh trèanadh mothachadh mun Ghàidhlig am measg bhuill thaghte is luchd-obrach, mar phàirt de phrògram trèanaidh an luchd-obrach.</p>
Ceann-latha targaide	Air a leasachadh gun a bhith nas anmoiche na 2024 agus air ath-sgrùdadh gach bliadhna tro PG Chomhairle na Gàidhealtachd 2024–29
Dleastanas	Sgioba na Gàidhlig

Buil rùnaichte	Trusadh Tha sgilean cànan Gàidhlig air an aithneachadh agus thathar a' toirt spèis dhaibh taobh a-staigh a' phròiseis thrusaidh tron ùghdarras phoblach air fad.
Cleachdadh làithreach	Tha dreuchdan dhan bheil a' Ghàidhlig na sgil riatanach no so-mhiannach air an sanasachd air làrach-lìn na Comhairle. Nuair a tha brathan is sanasan air am foillseachadh gu dà-chànanach, tha an dà chànan co-ionann ann an stoidhle is san dòigh sa bheilear gan taisbeanadh.
Gnìomhan riatanach	Thèid seisean mothachadh mun Gàidhlig a libhrigeadh do luchd-obrach na Comhairle a tha an sàs ann am pròiseasan trusaidh. Tha a' Chomhairle cuideachd air gealltainn In-Sgrùdadh Meud-comais Gàidhlig a ghabhail os làimh. Bheir seo cothrom dhuinn cothroman a chomharrachadh far an urrainn dhuinn a' Ghàidhlig a thoirt an lùib nam pròiseasan trusaidh againn.
Ceann-latha targaide	Air a libhrigeadh dà uair sa bhliadhna tro bheatha PG Chomhairle na Gàidhealtachd 2024–29
Dleastanas	Sgioba na Gàidhlig Planadh Feachd-obrach

Buil rùnaichte	Trusadh Tha a' Ghàidhlig air a h-ainmeachadh mar sgil riatanach agus/no so-mhiannach ann an tuairisgeulan obrach gus Plana na Gàidhlig a libhrigeadh agus a rèir comhairle trusaidh Bhòrd na Gàidhlig.
Cleachdadh làithreach	Tha dreuchdan air fad a tha air an sanasachd airson taic a chur ri buileachadh Plana na Gàidhlig a' liostadh na Gàidhlig mar fheart riatanach agus/no so-mhiannach anns an tuairisgeul obrach.
Gnìomhan riatanach	Lean air adhart le cleachdadh làithreach.
Ceann-latha targaide	Gach bliadhna tro PG Chomhairle na Gàidhealtachd 2024–29
Dleastanas	Sgioba na Gàidhlig Planadh Feachd-obrach Goireasan Daonna

Buil rùnaichte	<p>Trusadh</p> <p>Sanasan-obrach dà-chànanach no anns a’ Ghàidhlig a-mhàin airson dreuchdan far a bheil a’ Ghàidhlig na sgil riatanach.</p>
Cleachdadh làithreach	<p>Tha obraichean a tha ag iarraidh na Gàidhlig air an sanasachd air làrach-lìn agus meadhanan sòisealta na Comhairle. Nuair a tha brathan is sanasan a leithid seo air am foillseachadh gu dà-chànanach, tha an dà chànan co-ionann ann an stoidhle is san dòigh sa bheilear gan taisbeanadh.</p> <p>Nuair a thathar a’ deasachadh is a’ foillseachadh shanasan airson luchd-obrach a thrusadh, bidh a’ Chomhairle a’ cumail ris na h-ullachaidhean a leanas airson sanasachd:</p> <p>Tha sanasan dhan bheil a’ Ghàidhlig na teisteanas riatanach a’ nochdadh ann an:</p> <ul style="list-style-type: none"> • Gàidhlig a-mhàin ann am foillseachaidhean Gàidhlig; agus • Gàidhlig a-mhàin ann am foillseachaidhean Beurla, le nota mìneachaidh sa Bheurla.
Gnìomhan riatanach	Lean air adhart le cleachdadh làithreach.
Ceann-latha targaide	Gach bliadhna tro PG Chomhairle na Gàidhealtachd 2024–29
Dleastanas	<p>Sgioba na Gàidhlig</p> <p>Planadh Feachd-obrach</p> <p>Goireasan Daonna</p> <p>Sgioba a’ Chonaltraidh Chorporra</p>

Corpas na Gàidhlig

Buil rùnaichte	<p>Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig</p> <p>Thèid an tionndadh as ùire de Ghnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig a chleachdadh anns na stuthan sgrìobhte air fad a thèid a sholarachadh leis an ùghdarras phoblach.</p>
Cleachdadh làithreach	Tha gealltanais aig a’ Chomhairle cumail ri Gnàthachas Litreachaidh na Gàidhlig agus litreachadh cunbhalach a chleachdadh thar soidhnichean is sgrìobhainnean uile.

	Bidh Sgioba na Gàidhlig a’ gabhail pàirt ann an còmhraidhean is co-chomhairleachadh mu nithean corporra le buidhnean is com-pàirtichean nàiseanta, mar sin a’ cur ri leasachadh na Gàidhlig gu nàiseanta.
Gnìomhan riatanach	Lean air adhart le cleachdadh làithreach.
Ceann-latha targaide	Gach bliadhna tro PG Chomhairle na Gàidhealtachd 2024–29
Dleastanas	Sgioba na Gàidhlig

Buil rùnaichte	Ainmean-àite Lean air adhart a’ co-chomhairleachadh le AÀA.
Cleachdadh làithreach	Bidh a’ Chomhairle gu cunbhalach a’ conaltradh le AÀA, airson dèanamh cinnteach gu bheil a’ cleachdadh chruthan cearta is ùghdarrasach de dh’ainmean-àite Gàidhlig air soidhnichean agus sgrìobhainnean uile.
Gnìomhan riatanach	Lean air adhart le cleachdadh làithreach.
Ceann-latha targaide	Gach bliadhna tro PG Chomhairle na Gàidhealtachd 2024–29
Dleastanas	Sgioba na Gàidhlig

Ùghdarrasan poblach – corporra

A bharrachd air amasan coitcheann na Seirbheise Corporra a tha air an liostadh gu h-àrd, tha Comhairle na Gàidhealtachd an sàs ann an raon measgaichte is beòthail de dh’obair eadar-theangachaidh agus mothachadh mun Ghàidhlig. Tha a’ Chomhairle ag amas air dèanamh cinnteach gu bheil beairteas is beòthalachd cànan na Gàidhlig air an cumail suas, agus gu bheil misneachd luchd-cleachdaidh na Gàidhlig anns a’ chànan air a neartachadh.

Am measg eisimpleirean dhen seo, tha pròiseactan sònraichte a’ buntainn ri sgoiltean is foghlam, agus an obair againn a thaobh chleachdaidhean litreachaidh.

A’ toirt taic do choimhearsnachdan dùthchasach

Tha Comhairle na Gàidhealtachd ag aithneachadh cho cudromach ’s a tha na coimhearsnachdan dùthchasach a thaobh a bhith a’ cleachdadh is a’ tar-chur na Gàidhlig. Tro bheatha a’ Phlana, nì a’ Chomhairle na leanas:

- **Mìneachadh** far a bheil na coimhearsnachdan dùthchasach ann an sgìre na Gàidhealtachd
- **Ceangal** a chumail suas leis na coimhearsnachdan dùthchasach
- **Taic** a thoirt dha na coimhearsnachdan seo gus a’ Ghàidhlig a neartachadh.

Far a bheil planaichean Gàidhlig ionadail, no planaichean àite ionadail, gan leasachadh is gam buileachadh, bidh a' Chomhairle ag amas air obrachadh còmhla ris na buidhnean sin, mar a tha iomchaidh. Leanaidh sinn air adhart a' libhrigeadh obair a tha stèidhichte air àite, a rèir Plana Corporra Chomhairle na Gàidhealtachd 2022–27. Tha seo follaiseach tro obair nan Oifigearan Ionnsachadh is Leasachadh Coimhearsnachd a tha air a chumadh a rèir àite, airson cothrom a thoirt do cho-obrachadh co-òrdanaichte.

4. Ceanglaichean chun an Fhrèim-obrach Coileanaidh Nàiseanta

Tha an earrann seo a' sealltainn mar a chuidicheas na gealltanasan ann am Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd gus prìomhachasan an Fhrèim-obrach Coileanaidh Nàiseanta a chur air adhart.

Gheibhear fiosrachadh iomlan mun Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta aig <https://nationalperformance.gov.scot>

Adhbhar an Fhrèim-obrach Coileanaidh Nàiseanta

'S ann airson Alba air fad a tha am Frèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta agus tha e ag amas air na leanas a choileanadh:

- cruthaich dùthaich nas soirbheachaile;
- thoir cothroman do gach neach a tha a' fuireach ann an Alba;
- cuir ri soirbheas dhaoine a tha a' fuireach ann an Alba;
- cruthaich fàs seasmhach is ion-ghabhaltach; agus
- lùghdaich neo-ionannachdan agus cuir cuideam co-ionann air adhartas eaconamach, àrainneachdail agus sòisealta.



Luachan an Fhrèim-obrach Coileanidh Nàiseanta

'S iad luachan an Fhrèim-obrach Coileanidh Nàiseanta:

- coibhneas, co-fhaireachdainn is urram a shealltainn dhan a h-uile neach;
- spèis a thoirt do cheannas an lagha; agus
- a dhol an gnìomh ann an dòigh fhosgailte is fhollaiseach.

Builean nàiseanta an Fhrèim-obrach

Tha am frèam-obrach a' mìneachadh builean nàiseanta a tha air an co-thaobhadh ri Amas Leasachadh Seasmhach nan Dùthchannan Aonaichte agus a tha a' cuideachadh gus sùil a chumail air adhartas ann a bhith a' lùghdachadh neo-ionannachd. 'S iad na builean nàiseanta gu bheil daoine:

- a’ faighinn togail far a bheil iad a’ faireachdainn gràdhaichte, sàbhailte agus spèiseil agus an coilean iad an comas iomlan;
- a’ fuireach ann an coimhearsnachdan a tha ion-ghabhaltach, cumhachdaichte, làidir agus sàbhailte;
- cruthachail agus gu bheil na cultaran beòthail is eadar-mheasgte aca air an cur an cèill agus air am mealtainn fad is farsaing;
- a’ faighinn cothrom air eaconamaidh a tha farpaiseach gu cruinneil, tionnsgainneach, ion-ghabhalach agus seasmhach;
- air an deagh oideachadh, sgileil agus comasach air cur ris a’ chomann-shòisealta;
- a’ cur luach anns an àrainneachd aca agus ga mealtainn, ga dìon is ga neartachadh;
- a’ faighinn cothrom air gnìomhachasan soirbheachail is iomairteach a bhith aca, le obraichean àrd-inbhe agus cothromach dhan a h-uile duine;
- fallain agus gnìomhach;
- a’ toirt spèis do chòraichean daonna, gan dìon is gan coileanadh agus beò às aonais leth-bhreith;
- fosgailte, co-cheangailte agus a’ dèanamh tabhartas math gu h-eadar-nàiseanta; agus
- a’ dèiligeadh ri bochdainn le bhith a’ co-roinn chothroman, beairteas agus cumhachd ann an dòigh nas co-ionainne.

Taisbeanairean nàiseanta

Tha am frèam-obrach a’ tomhas adhartas na h-Alba mu choinneamh nan taisbeanairean nàiseanta. Tha taisbeanairean aig Comhairle na Gàidhealtachd a tha eadar-eisimeileach air na taisbeanairean nàiseanta. Cuideachd, chithear gu bheil prìomhachasan ro-innleachdail Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd a’ cur gu dìreach ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta. Tha eisimpleirean de na ceanglaichean seo air an toirt seachad gu h-ìosal:

Coimhearsnachdan

- Tha a’ Ghàidhlig a’ cur ri soirbheas airson luchd-cleachdaidh, luchd-ionnsachaidh agus luchd-taice na Gàidhlig, air feadh na h-Alba agus gu h-eadar-nàiseanta.
- Tha solar susbaint Ghàidhlig air na meadhanan sòisealta agus clasaichean Gàidhlig a’ dèanamh a’ chànain nas so-ruigsinniche is nas ion-ghabhaltaiche, mar sin a’ toirt comas do bharrachd dhaoine ceangal a thogail leis a’ chànain is leis a’ chultar.
- Thathar a’ cur air adhart nam buannachdan a tha an lùib a bhith a’ dol an sàs ann an saoghal eadar-mheasgte cultar na Gàidhlig tro iomairtean innleachdach, a leithid tachartasan coidsidh airson Ceannardas Spòrs Gàidhlig Àrd-sgoile.

- Le bhith a’ toirt taic do dh’iomairtean spòrs Gàidhlig, tha am PG seo a’ toirt taic do shaoranaich sgìre na Gàidhealtachd a bhith fallain agus gnìomhach.
- Tha coimhearsnachd na Gàidhlig ion-ghabhaltach, agus tha am Plana seo ag amas air daoine a bhrosnachadh gus sgrùdadh a dhèanamh air a’ chànan is air a’ chultar, ge brith dè an teachd-a-steach a th’ aca.

Dachaigh

- Tha solar chlasaichean Gàidhlig do phàrantan ag amas air sgilean cànan a thoirt do theaghlacha gus taic a thoirt do dh’fhoghlam an cuid chloinne. Gheibhear fiosrachadh mu na clasaichean seo aig:
https://www.highland.gov.uk/info/283/community_life_and_leisure/335/gaelic/4

Meadhanan, Ealainean, Cultar agus Dualchas

- Tha tachartasan le ceangal Gàidhlig, a’ gabhail a-steach Mòdan nàiseanta is roinneil, agus fèisean Gàidhlig is cultarach a’ tarraing luchd-tadhail eadar-nàiseanta gu sgìre na Gàidhealtachd.
- Ann a bhith a’ toirt taic do dh’fhèisean cultair is ciùil, tha a’ Chomhairle a’ cuideachadh gus coimhearsnachdan a cheangal, foghlam cànan is cultarach a chur air adhart, agus soirbheas a chur am meud.
- Tha obair na Comhairle le AÀA a’ meudachadh ùidh agus tlachd san àrainneachd nàdarra le bhith a’ toirt seachad fiosrachadh mu ainmean-àite Gàidhlig.

Gnìomhachas agus an Eaconamaidh

- Tha ìrean nas àirde de theisteanasan agus sgilean bho luchd-labhairt na Gàidhlig a’ cur gu mòr ri obair mhath, iomairt agus togail beairteas coimhearsnachd.
- Tha gnìomhan Gàidhlig a’ toirt taic do raon fhàs-mhor de dh’obraichean is de dh’iomairtean seasmhach agus a’ cur ri làn-thoradh dùthchail (GDP) na dùthcha.
- Tha a bhith comasach ann am barrachd air aon chànan air a cho-cheangal ri soirbheachas ann an gnìomhachas cruinneil; gheibhear fianais air seo tro [Bilingualism Matters](#).

Foghlam

- Tha sgoiltean Gàidhlig nan àrainneachdan tlachdmhor, sàbhailte agus spèiseil do chloinn is do dhaoine òga gus an comasan iomlan a ruigsinn.
- Tha FtG so-ruigsinneach thar sgìre na Gàidhealtachd agus tha e ion-ghabhaltach agus neo-leth-bhreitheach.

5. Ceanglaichean gu frèaman-obrach ionadail agus sgìreil

Faodar [Plana Corporra Chomhairle na Gàidhealtachd 2022–27](#) a leughadh aig [Ar prìomhachasan | Plana Corporra 2022-27 \(highland.gov.uk\)](#). Aig àm sgrìobhaidh (2024), tha am Plana Corporra a' toirt seachad Frèam Coileanaidh Corporra fon tèid na prìomhachasan ann am Prògram na Comhairle 'Ar Gàidhealtachd ri Teachd' agus prìomhachasan ro-innleachdail, obrachail agus leasachaidh na Comhairle a libhrigeadh is a sgrùdadh.

'S e aon de na gealltanasan seo taic a chur ri bhith a' libhrigeadh is a' leasachadh Plana na Gàidhlig. Tha a' Chomhairle air a bhith èifeachdach ann a bhith a' neartachadh a' chànain thar a seirbheisean is a prìomh chom-pàirtichean uile, gus cur ri luach is soirbheas farsaing foghlaim, sòisealta, cànanach, cultarach is eaconamach na Gàidhealtachd.

Bidh an deasachadh seo de Phlana na Gàidhlig a' meudachadh cleachdadh agus ìomhaigh na Gàidhlig. Bidh e a' neartachadh agus a' togail air adhartas an deasachaidh roimhe, gu h-àraid ann an roinn nan com-pàirteachasan a thaobh planadh coimhearsnachd, an dà chuid aig ìre obrachail agus ro-innleachdail.

6. Foillseachadh

A' foillseachadh a' Phlana agus a' cur a' Phlana am follais

Air an taobh a-staigh

Thèid an deasachadh seo de Phlana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd fhoillseachadh ann an Gàidhlig agus ann am Beurla air làrach-lìn na Comhairle. Thèid postaichean adhartachaidh le ceanglaichean chun a' Phlana a chur suas air duilleagan meadhanan sòisealta na Comhairle.

Thèid fios a chur a-mach gu cunbhalach gu luchd-obrach mun Phlana Ghàidhlig.

Air an taobh a-muigh

Thèid Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd fhoillseachadh ann an Gàidhlig agus ann am Beurla air an làraich-lìn agus a bharrachd air a seo, nì a' Chomhairle na leanas:

- cuir a-mach fios-naidheachd dà-chànanach a' foillseachadh a' Phlana;
- cuir am Plana am follais tro dhiofar ùrlaran air na meadhanan sòisealta;
- sgaoil lethbhreacan gu buidhnean air astar agus gu buidhnean treas-phàrtaidh eile, a' mìneachadh an dreuchd ann a bhith a' libhrigeadh a' Phlana;
- sgaoil lethbhreacan dhen Phlana gu prìomh luchd-ùidhe anns na roinnean poblach is prìobhaideach agus anns an treas roinn;
- sgaoil lethbhreacan dhen Phana gu buidhnean Gàidhlig iomchaidh agus buidhnean eile le ùidh; agus
- dèan cinnteach gum faighear lethbhreacan cruaidhe le iarrtas.

7. A' goireasachadh a' Phlana

Thèid gnìomhan a' Phlana seo a ghoireasachadh tro bhuidseatan a th' ann mar-thà agus mar phàirt de phrògraman ùrachaidh leantainneach.

8. A' sgrùdadh a' Phlana

Tha sgrùdadh leantainneach air planaichean Gàidhlig aontaichte na riatanas a rèir Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.

Cuiridh Comhairle na Gàidhealtachd a-steach aithisgean sgrùdaidh bliadhnail gu Bòrd na Gàidhlig. Bidh seo na phàirt de na modhan coitcheann a thaobh aithisgean a tha air an cur a-steach gu comataidhean ainmichte, a tha a' gabhail a-steach a bhith gan cur am follais air làrach-lìn na Comhairle.

Thèid pròiseasan coitcheann sgrùdadh coileanaidh a chleachdadh taobh a-staigh Chomhairle na Gàidhealtachd airson sgrùdadh a dhèanamh air buileachadh is libhrigeadh a' Phlana. Dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach Siostam Coileanaidh agus Rianachd Cunnairt (SCRC) a thathar a' cleachdadh an-dràsta.

9. Plana na Gàidhlig anns an ùghdarras phoblach

Dleastanas iomlan airson a' Phlana

Tha dleastanas iomlan aig an Àrd-Oifigear Ghnìomhach airson Coileanadh agus Riaghlachas airson a bhith ag ullachadh, a' libhrigeadh is a' sgrùdadh Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd. Faodar fios a chur thuca mar a leanas:

Àrd-Oifigear Ghnìomhach – Coileanadh agus Riaghlachas,
Prìomh Oifis Chomhairle na Gàidhealtachd, Rathad Ghlinn Urchadain, Inbhir Nis, IV3 5NX.

Dleastanas làitheil airson a' Phlana

Tha dleastanas aig Manaidsear Leasachaidh na Gàidhlig airson a bhith a' libhrigeadh is a' sgrùdadh Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd bho latha gu latha. Bu chòir ceistean mu obrachadh làitheil a' Phlana a chur gu:

Manaidsear Leasachaidh na Gàidhlig,
Prìomh Oifis Chomhairle na Gàidhealtachd, Rathad Ghlinn Urchadain, Inbhir Nis, IV3 5NX.
No, faodar post-d a chur gu GLP@gaelic@highland.gov.uk.

Comataidh na Gàidhlig – a' sgrùdadh a' Phlana

Tha an dleastanas airson a bhith a' buileachadh is a' sgrùdadh a' Phlana seo aig Comataidh Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd. 'S e comas na comataidh:

- taic is brosnachadh a thoirt do chànan, dualchas is cultar dùthchasach na Gàidhealtachd agus sùil a chumail air buileachadh Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd;
- buileachadh Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd a sgrùdadh is adhartachadh, a' gabhail a-steach a bhith a' libhrigeadh foghlam Gàidhlig;
- conaltradh le Bòrd na Gàidhlig mu leasachadh ro-innleachdail cànan na Gàidhlig;
- obrachadh le buidhnean leasachaidh Gàidhlig ann a bhith a' brosnachadh, a' leasachadh agus a' cumail suas cànan, cultar is dualchas na Gàidhlig anns a' Ghàidhealtachd;
- obrachadh le Riaghaltas na h-Alba agus Pàrlamaid na h-Alba a thaobh reachdas a' buntainn ri cànan na Gàidhlig;
- sgrùdadh a dhèanamh air buaidh reachdais a thaobh cànan na Gàidhlig agus comhairle a thoirt dhan Chomhairle mun bhuaidh aig a seo thar na Gàidhealtachd; agus
- buidseatan a sgrùdadh agus sgrùdadh a dhèanamh air maoineachadh sònraichte na Gàidhlig, tabhartasan, agus caiteachas.

Bidh Comataidh na Gàidhlig a' coinneachadh air stèidh ràitheil agus a' sgrùdadh buileachadh a' Phlana.

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mu Chomataidh na Gàidhlig air [Làrach-lìn Chomhairle na Gàidhealtachd](http://www.highland.gov.uk/downloads/file/25340/scheme_of_delegation) aig www.highland.gov.uk/downloads/file/25340/scheme_of_delegation agus aig:

highland.gov.uk/info/20003/committee_information/870/gaelic_committee_comataidh_na_gaidhlig.

A' conaltradh le luchd-obrach

Nì Sgioba na Gàidhlig conaltradh le co-obraichean taobh a-staigh nan raointean seirbheise aca mar phàirt dhen dleastanas aca a thaobh a bhith a' dèanamh sgrùdadh air libhrigeadh. A bharrachd, thèid innse do cho-obraichean mu iomairtean Gàidhlig eile, a leithid trèanadh Gàidhlig.

Thèid am Plana aontaichte a chur am follais air làrach-lìn na Comhairle agus thèid adhartachadh tro mhodhan conaltraidh air an taobh a-staigh.

Buidhnean air astar agus treas-phàrtaidhean

'S e buidheann air astar le inbhe carthannais a th' ann an High Life na Gàidhealtachd (HLG), a chaidh a chruthachadh le Comhairle na Gàidhealtachd air 1 Dàmhair 2011 gus cothroman a leasachadh is a bhrosnachadh ann an cultar, ionnsachadh, spòrs, cur-seachad, slàinte is sunnd thar naoi seirbheisean tron Ghàidhealtachd air fad, an dà chuid do luchd-còmhnaidh is luchd-tadhail.

Tha Cùmhnant Libhrigeadh Seirbheis aig a' Comhairle le HLG anns a bheil e riatanach do HLG gabhail ri poileasaidhean agus cleachdaidhean Gàidhlig an ùghdarrais agus PG Chomhairle na Gàidhealtachd a bhuileachadh. Tha na gealltanasan seo a' toirt comas do HLG agus dhan Chomhairle obrachadh ann an com-pàirteachas gus taic agus brosnachadh a thoirt do raon ghnìomhan Gàidhlig anns a' Ghàidhealtachd. Bidh Comhairle na Gàidhealtachd cuideachd a' toirt seachad seirbheis eadar-theangachaidh Ghàidhlig do HLG.

Leanaidh a' Chomhairle air adhart ag obair ann an com-pàirteachas agus a' cur nan seirbheisean Gàidhlig againn air adhart am measg bhuidhnean treas-phàrtaidh eile. Bithear gam brosnachadh gus seirbheisean Gàidhlig iomchaidh a sholarachadh nan cuid obrach fhèin.

Aontaidhean treas-phàrtaidh

Tha Comhairle na Gàidhealtachd gu cunbhalach a' togail ceangal air stèidh fhoirmeil is neo-fhoirmeil le a com-pàirtichean ann am planadh coimhearsnachd. Tha prìomhachasan ro-innleachdail aca air fad a thaobh a bhith a' leasachadh na Gàidhlig agus tha iad air planaichean Gàidhlig a sgrìobhadh mar-thà, no tha iad gan sgrìobhadh an-ceartuair.

Tha Cùmhnant Lìbhrigeadh Seirbheis aig a' Comhairle le High Life na Gàidhealtachd (HLG) anns a bheil e riatanach do HLG gabhail ri poileasaidhean agus cleachdaidhean Gàidhlig an ùghdarrais agus PG Chomhairle na Gàidhealtachd a bhuileachadh.

Eàrr-ràdh 1 – co-chomhairleachadh

Ro-ràdh

Dh'fhosgail co-chomhairleachadh poblach PG Chomhairle na Gàidhealtachd air 10 Màrt 2023 agus bha e fosgailte airson sia seachdainean, gu 21 Giblean 2023. Bha luchd-freagairt air am brosnachadh freagairt a chur a-steach air-loidhne tro shuirbhidh cho-chomhairleachaidh, a bha ri fhaotainn air làrach-lìn na Comhairle.

Chaidh an dreachd Plana fhoillseachadh sa Ghàidhlig agus sa Bheurla air làrach-lìn na Comhairle. Bha dreachd ri fhaotainn a ghabhadh luchdadh a-nuas bhon làraich-lìn agus chaidh fiosrachadh a thoirt seachad cuideachd mu dhòighean gus an dreachd Plana iarraidh ann an cruth nas so-ruigsinniche.

Chaidh seòladh post-d a chruthachadh far am b' urrainn dhan Chomhairle freagairtean co-chomhairleachaidh fhaotainn agus freagairt a thoirt seachad do cheistean sam bith a' buntainn ris an dreachd Phlana.

A' cur a' cho-chomhairleachaidh phoblaich air adhart

Chaidh puist dà-chànanach a chur a-mach air na meadhanan sòisealta agus chaidh fiosan naidheachd dà-chànanach a sgaoileadh gus an co-chomhairleachadh poblach, agus na tachartasan co-chomhairleachaidh a bha co-cheangailte ris, a shanasachd. Chaidh sanasan a chur do phàipearan-naidheachd ionadail na Gàidhealtachd agus chaidh an co-chomhairleachadh a shanasachd cuideachd air rèidio ionadail.

Chaidh puist-d a chur gu cunbhalach gu luchd-ùidhe, a leithid bhuidhnean Gàidhlig, gus freagairtean a bhrosnachadh. Chaidh pasgan fiosrachaidh a thoirt dhaibh cuideachd mun dreachd PG. Bha na leanas sa phasgan:

- Lethbhreacan dhen dreachd PG
- Geàrr-chunntas dhen dreachd PG
- Sgrìobhainn a' mìneachadh nam prìomh atharrachaidhean eadar an treas is an ceathramh deasachadh dhen Phlana
- Seata de shlaighdean mun Phlana, airson deasbaireachd a bhrosnachadh am measg bhuidhnean.

Tachartasan a' cho-chomhairleachaidh phoblaich

Chaidh cùmhnant a thoirt do dh'Astar Media airson trì tachartasan-tadhail a' cho-chomhairleachaidh a chur air dòigh, ann an Inbhir Nis, san Eilean Sgitheanach agus ann an Loch Abar. Chruinnich Astar Media na freagairtean agus am fios air ais do Sgioba PG na Comhairle.

Chaidh na tachartasan-tadhail a dhealbh airson a bhith neo-fhoirmeil is càirdeil – le ceòl, teatha is cofaidh. Bha lethbhreacan cruaidhe dhen dreachd Phlana agus sgrìobhainnean geàrr-chunntais rim faotainn airson an leughadh. Bha luchd-obrach na Comhairle ann airson bruidhinn ris na bha an làthair agus ceistean sam bith a fhreagairt.

Chaidh cuireadh a thoirt do sgoiltean na Gàidhealtachd tighinn gu na tachartasan-tadhail eadar 2f is 3f. Chaidh pasgan Pròiseact Guth nan Sgoilear a chur thuca ro làimh. Bha am pasgan air a dhealbh airson sgoilearan a bhrosnachadh gus smaoineachadh air dòighean anns am b' urrainnear cleachdadh is ionnsachadh na Gàidhlig a neartachadh. Chaidh fios air ais bhon eacarsaich seo a chur gu Sgioba PG na Comhairle tro sheòladh puist-d sònraichte no aig na tachartasan-tadhail fhèin. Chaidh dèiligeadh ris an fhios air ais mar fhreagairtean co-chomhairleachaidh.

Chaidh cuireadh a thoirt dhan phoball tighinn gu na tachartasan-tadhail eadar 3f agus 6f gus na beachdan aca a thoirt seachad.

Uile gu lèir, bha tachartasan a' cho-chomhairleachaidh phoblaich air an deagh fhrithhealadh agus chaidh beachdan luachmhor faotainn airson cuideachadh gus fios a chur ris an dreachd mu dheireadh dhen Phlana.

Freagairtean co-chomhairleachadh PG

Chaidh còrr is 500 beachd faotainn a thaobh an dreachd PG. Bha seo a' riochdachadh àrdachadh còrr is 13 uimhir an coimeas ris an àireimh fhreagairtean a chaidh faotainn tron cho-chomhairleachadh phoblach airson PG 2018–23.

Fios air ais bhon cho-chomhairleachadh

Coitcheann

Fios air ais a fhuair	Na rinneadh
Bha grunn luchd-freagairt dhen bheachd gun robh an dreachd Plana ro fhada is ro dhoirbh a leughadh.	Chaidh am Plana ath-dhealbhadh airson a bhith nas giorra agus nas fhasa a leughadh.

	<p>Cha deach atharrachaidhean susbainteach sam bith a dhèanamh ris an teacsa no ri susbaint a’ Phlana. Tha an t-ath-dhealbhachadh dìreach a’ dèanamh na sgrìobhainn nas fhasa a leughadh is a cleachdadh.</p>
<p>Bha beachdan ann nach robh adhartas mu choinneimh PG 2018–23 air a mheasadh san dreachd as ùire de Phlana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd.</p>	<p>Chaidh tuilleadh fiosrachaidh a chur ris a’ Phlana airson soilleireachadh nach e sgrìobhainn ùr a th’ ann, ach ùrachadh de PG Chomhairle na Gàidhealtachd, a tha a’ leantainn air adhart le mòran dhen obair a chaidh a mhìneachadh ann am PG 2018–23.</p> <p>Chaidh co-theacsa a thoirt seachad airson mìneachadh gu bheil a’ Chomhairle a’ cleachdadh Siostam Coileanaidh agus Rianachd Cunnairt (SCRC) airson sùil a chumail air adhartas agus buileachadh a’ Phlana Ghàidhlig. Thathar ag aithris air SCRC gach ràith agus a’ toirt cunntas do Chomataidh Gàidhlig na Comhairle. Bidh a’ Chomhairle cuideachd a’ toirt cunntas bliadhnail do Bhòrd na Gàidhlig a thaobh cleachdadh làithreach. Gheibhear na cunntasan bliadhnail air làrach-lìn na Comhairle.</p>

Coimhearsnachdan agus Dachaigh

Fios air ais a fhuair	Na rinneadh
<p>Dh’innis daoine òga gun robh spòrs tro mheadhan na Gàidhlig a’ còrdadh riutha agus gum bu toil leotha nam biodh taghadh na b’ fharsainghe de spòrs air a thabhann.</p>	<p>Chaidh am fios air ais seo a chur air adhart gu Sgioba Gàidhlig na Comhairle. Far an ceadaich goireasan, feuchaidh a’ Chomhairle ris an spòrs a tha air a thabhann sa Ghàidhlig thar sgìre na Gàidhealtachd a leudachadh. Oobraichidh sinn còmhla ri High Life na Gàidhealtachd (HLG) gus seo a lìbhrigeadh, a rèir nan gealltanasan a tha air am mìneachadh sa Chùmhnant Lìbhrigeadh Seirbheis eadar Comhairle na Gàidhealtachd agus HLG.</p>

<p>Tha fios air ais a' nochdadh gu bheil buill a' phobaill taiceil do cho-ionadan cultarach Gàidhlig, a leithid chultarlannan.</p>	<p>Tha a' Chomhairle mar-thà air taic ionmhasail is taic oifigearan a thoirt seachad do Chultarlann Inbhir Nis. Tha sinn air gealltanais a thoirt, far an ceadaich goireasan, do bhith a' togail ceangal is ag obair còmhla ri buidhnean coimhearsnachd Gàidhlig.</p>
--	---

Meadhanan, Ealainean, Cultar agus Dualchas

<p>Fios air ais a fhuair</p>	<p>Na rinn</p>
<p>Tha barrachd iomraidhean a dh'fhàg a thaobh co-obrachadh na Comhairle le buidhnean a leithid High Life na Gàidhealtachd, Fèisean nan Gàidheal, Fèis Rois agus Taigh-cluiche Cùirt an Easbaig.</p>	<p>Tha eachdraidh fhada is shoirbheachail aig a' Chomhairle ann a bhith a' co-obrachadh le buidhnean eile a leithid seo. Tha seo air a mhìneachadh ann an earrainn 'a' chleachdaidh làithrich'.</p> <p>Tha sinn air tuilleadh mìneachaidh is leudachaidh a thoirt air na 'gnìomhan riatanach' ann an cumhaichean a' ghealltanais againn do dh'obrachadh com-pàirteach le buidhnean ealain, cultair is ciùil Gàidhlig ionadail agus nàiseanta.</p>
<p>Dh'innis mòran luchd-freagairt gun robh susbaint air na meadhanan sòisealta a' còrdadh riutha.</p>	<p>Bidh am fios air ais na chuideachadh nuair a thathar a' leasachadh planadh meadhanan sòisealta Gàidhlig na Comhairle. Thèid ro-innleachd meadhanan sòisealta Gàidhlig a leasachadh. Bidh an ro-innleachd seo co-cheangailte ris na 'Stiùiridhean mu chleachdadh na Gàidhlig ann an seirbheisean Chomhairle na Gàidhealtachd'.</p> <p>Thèid cothroman airson Gàidhlig a chleachdadh air meadhanan sòisealta na Comhairle a chomharrachadh gus an urrainnear barrachd susbaint Gàidhlig fhoillseachadh. A bharrachd air puist air na meadhanan sòisealta a' buntainn ri tachartasan is cuspairean Gàidhlig, thèid an àireamh de phuist mu chuspairean is</p>

	thachartasan nach eil gu dìreach a' buntainn ris a' Ghàidhlig a mheudachadh.
--	--

Foghlam

Fios air ais a fhuair	Na rinn
Bha mòran dhen fhios air ais bho luchd-obrach foghlaim a' buntainn ri cion ghoireasan agus gu bheil tidsearan a' cruthachadh nan goireasan aca fhèin.	Tha ùrlar aig a' Chomhairle airson a bhith a' co-roinn stuthan foghlaim. Tha pròiseas barantachd càileachd cuideachd ri fhaotainn. Mar fhreagairt dhan fhios air ais a chaidh fhaotainn, tha a' Chomhairle a' toirt gealltanais gun tèid an t-seirbheis seo a chur air adhart barrachd.
Nochd mòran luchd-freagairt dragh mu chion thidsearan Gàidhlig is cion luchd-cuideachaidh taic sgoilearan Gàidhlig.	Chaidh am fios air ais seo a cho-roinn le Sgioba Seirbheis Foghlaim agus Ionnsachaidh na Comhairle.

Gnìomhachas agus an Eaconamaidh

Fios air ais a fhuair	Na rinn
Bha luchd-freagairt dhen bheachd gun robh cuspair a' Ghnothachais agus an Eaconamaidh fo-riochdaichte sa Phlana.	<p>Mar fhreagairt dhan fhios air ais seo, tha sinn air gealltanais a thoirt obrachadh còmhla ri buidhnean ann an Roinn a' Ghnothachais agus an Eaconamaidh gus buannachdan eaconamach na Gàidhlig a thoirt gu buil.</p> <p>Tha sinn cuideachd air gealltanais a thoirt gun cruthaich sinn stiùireadh Gàidhlig agus cùisean sgrùdaidh a ghabhas a luchdadh a-nuas, agus a bhios ag amas air gnothachasan na Gàidhealtachd gus buannachdan eaconamach na Gàidhlig a thoirt am follais agus cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh.</p>

Chaidh am fios air ais a chaidh fhaotainn a chleachdadh nuair a bhathar a' sgrìobhadh an deasachaidh dhen Phlana a rinnadh às dèidh a' cho-chomhairleachaidh.

Clàr-mìneachaidh

AÀA – Ainmean-Àite na h-Alba

A' Chomhairle – Comhairle na Gàidhealtachd

BnaG – Bòrd na Gàidhlig

CALA – Care and Learning Alliance

CnaG – Comunn na Gàidhlig

FtG – Foghlam tron Ghàidhlig

FLI – Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig

HLG – High Life na Gàidhealtachd

ICC – Iomain Cholm Cille

PG – Plana Gàidhlig

PNG – Plana Nàiseanta na Gàidhlig

SCRC – Siostam Coileanaidh agus Rianachd Cunnairt

SMO – Sabhal Mòr Ostaig

TFC – Teicneòlas Fiosrachaidh is Conaltraidh